

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS SEISEAN FOSGAILTE COINNEAMH COIMISEAN NA CROITEARACHD

ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 8 CÈITEAN 2013

An làthair:	Siùsaidh Walker	(Neach-gairm)
	Cailean Ceanadach	(Coimiseanair)
	Donaidh Rosach	(Coimiseanair)
	IG MacDhòmhnail	(Coimiseanair)
	Caitlin Nic na Ceàrdaich	(Coimiseanair)
	Murchadh MacIllinnein	(Coimiseanair)
	Sandaigh Cross	(Coimiseanair)
	Uilleam Swann	(Coimiseanair)
	Daibhidh Balharry	(Àrd-Oifigear Eadar-amail)
	Donna Nic a' Ghobhainn	(Ceannard Siostaman Foghlaim)
	Iain Toal	(Ceannard Poileasaidh & Dleastanasan)
	Artair Dòmhnallach	(Manaidsear Sgioba Dhleastanasan)
	Sine NicThòmais	(Rùnaire Geàrr-chunntais)
	Gòrdan Dòmhnallach	(Ceannard Ionmhais) (Nì 5)
	Caitriona NicIII Eathain	(Àrd-Oifigear bho 10.5.13)
	Doneil MacLeòid	(BBC)

1 FÀILTE IS LEISGEULAN

Cha robh leisgeulan ann agus chuir Siùsaidh Walker fàilte air Doneil MacLeòid chun an t-Seisein Fhosgailte, mar bhall de na meadhanan.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Chomhairlich cailean Ceanadach don Bhòrd gum foillsicheadh e com-pàirt mar a bhiodh na nithean ag èirigh.

3 AONTA DON DREACH GEÀRR-CHUNNTAS AIR 6 MÀRT 2013

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh Bùird air 6 Màrt 2013 le umhlachd don atharrachadh a leanas:

Duilleag	Nì	Paragraf	Bu chòir don teacs Atharraichte / A Bharrachd a bhith
3	5a	1	Fo 'Sgeama Tiomnaidh Ionmhasail' cuir na h-ainmean, Murchadh MacIllinnein, Cailean Ceanadach agus Siùsaidh Walker don t-seantans a' tòiseachadh, "An àite seo bu chòir an Neach-gairm agus dà Choimiseanair a bhith ..."

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Air duilleag 4, dh'iarr Caitlin Nic na Ceàrdaich daingneachadh gun robh na h-atharrachaidhean don Phlana a bha air an liostadh le nì 7 air an gabhail a-steach. Chaidh seo a dhaingneachadh le Iain Toal. Chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air na Puingeann Gnìomha bhon choinneamh air 6 Màrt 2013.

Àireamh /Ceann-latha	Gnìomh	Uallach	Criochnaichte / Ceann-latha Ùrachaidh
01/06.02.13	Siùsaidh Walker air sgrìobhadh gu Cailean Ceanadach mar thagraiche, a thaobh nan gearanan aige.	Siùsaidh Walker	08.05.13 – Leantainneach. Thug Siùsaidh Walker seachad fiosrachadh fìor, a' mineachadh gu bheil comhairle laghail againn ag ràdh nach bu chòir dèiligeadh leis an seo fhad 's a tha cùis sa chùirt. Tha Daibhidh Balharry air draghan Chailein Cheanadaich a chur air adhart gun roinn urrasachd. 06.03.13 – Chomhairlich Siùsaidh gu bheil post-d ri chur gu Cailean Ceanadach.
02/06.02.13	Chaidh aontachadh gum bu chòir deasbad nas fharsainghe a chumail mu Strì Eadar Com-pàirt aig Coinneamh Bùird san àm ri teachd.	Daibhidh Balharry	08.05.15 – Dèante. Air clàr-ghnothaich na coinneimh. 06.03.13 – Chaidh deasbad air an trèanadh san amharc mu Strì eadar Com-pàirt. Shoilleirich Richard Frew gu bheil an Còd Giùlain a' bualadh air Coimiseanairean air am fastadh agus air an taghadh eadar gu bheil iad a' soidhnigeadh air a shon no nach eil. Thuirt e gum biodh Daibhidh Barnes a' sgrìobhadh chun a' Choimisein gus an suidheachadh a dhèanamh soilleir do Choimiseanairean air an taghadh. Chaidh a' chùis trèanaidh a dhàileachadh chun na h-ath Choinneimh Bùird gus feitheamh ris an litir bhon SG a' mineachadh an t-suidheachaidh.
03/06.02.13	Fiosrachadh a bharrachd ri bhith air a ghabhail a-steach don phàipear a thathar ag ullachadh airson na h-ath Choinneimh Bùird.	Gòrdan Dòmhnallach	08.05.13 – Chan eil e soilleir cò mu dheidhinn a bha seo. Dh'iarr Siùsaidh Walker gum biodh puingean gnìomha air an cur sìos gu soilleir gus am faighear air a' ghnìomh a chomharrachadh. 06.03.13 – leantainneach, feumaidh fiosrachadh a bharrachd ri ghabhail a-steach don ath choinneamh a bhith mionaideach.
06/06.02.13	Daibhidh Balharry agus Eòsaph MacIlleChiar ri luchd-tagraidh san amharc a chomhairleachadh, gur dòcha gum feum sinn an seirbheisean.	Daibhidh Balharry/ Eòsaph MacIlleChiar	08.05.13 – Leantainneach. 06.03.13 – Leantainneach. Beachdachadh air Luchd-tagraidh a bharrachd.
10/06.02.13	Iain Toal ri làn ath-sgrùdadh a choileanadh agus poileasaidhean fa leth nas mionaidiche is stiùireadh mhodhan-obrach a dhreachadh.	Iain Toal	08.05.13 – Dèante. 06.03.13 – Leantainneach. Pàipear airson coinneamh a' Chèitein.
11/06.02.13	Beachd laghail air am bu chòir roinnidhean a bhith air an giullachd fo earrann 58(a) ri shireadh bho Gail NicSheumais aig MacLeòid & MacCaluim, Luchd-lagha.	Eòsaph MacIlleChiar	08.05.13 – Dèante. 06.03.13 – Leantainneach. Beachd laghail ga shireadh.
12/06.02.13	Cuairt-litir ri cur air post-d gu na Measadairean agus coinneamh ri h-eagrachadh anns gach sgìre as t-Earrach.	Sine NicThòmais	08.05.13 – Dèante. 06.03.13 – Leantainneach. Cuairt-litir ga deasachadh.

14/06.03.13	Sgeama Tiomnaidh Ionmhasail làithreach ri cuairteachadh gu Coimiseanairean.	Gòrdan Dòmhnallach	08.05.15 – Dèante.
15/06.03.13	Ionnsramaid Tiomnaidh ri atharrachadh gus cunntas a ghabhail air an atharrachadh air cùisean giullachd dhleastanasan.	Eòsaph MacIlleChiar	08.05.13 – Leantainneach.
16/06.03.13	Coinneamh obair-chùisean sa Ghiblean gus co-labhairt bhideo/tele fheuchainn a-mach.	Artair Dòmhnallach	08.05.13 – Dèante.
17/06.03.13	Pàipear air Mineachadh air Còmhnaidh gu h-Àbhaisteach agus Leasachadh Seasmhach ri chur air post-d gu Coimiseanairean airson beachdachadh.	Iain Toal	08.05.13 – Dèante.

5 RIAGHLADH

a DEAS-BÒRD RIAGHLAIDH

1. Ionmhas

Dh'fhaighnich Murchadh MacIllinnein dè na tha de bhualteachd aig a' Choimisean ga ghiùlain airson obair laghail air a ghabhail os làimh ach gun chunntas fhaotainn aig deireadh na bliadhna. Chaidh innse dha gun tigeadh am figear seo bho Eòsaph MacIlleChiar.

Thug Sandaidh Cross fiosrachadh às ùr air puingeann bho choinneamh a' Chomataidh Sgrùdadh air 7 Cèitean 2013. Tha e coltach gun tadhail Sgrùdadh Alba sa chiad seachdain san Ògmhios. Fo na Cumhachan Iomraidh aig a' Chomataidh Sgrùdadh, feumaidh a dhà a-mach à trì a bhith air an taghadh. Dh'aontaich am Bòrd gum faodadh a' chumha seo a dubhadh às bho nach robh i ag obrachadh. Bidh na Cunntasan Bliadhnail gan cur chun a' Bhùird airson an soidhnigeadh dheth am-bliadhna. Dhaingnich Sìne NicThòmais gu bheil riatanasan nan cunntasan mar phàirt den phlanadh pròiseict airson an Aithisg Bhliadhnail a thoirt gu buil.

2. Cùisean gun choileanadh

Air a thoirt fa-near.

3. Gearanan

Air a thoirt fa-near.

4. Litrichean nam BPA

Air a thoirt fa-near.

5. Co-chomhairlean / Cuiridhean a Fhuairleadh

Air a thoirt fa-near.

6. Clàr Cunnairt

Nì IT Còd Giùlain– cunnart cosmhalachd air a lùghdachadh gu 3.

Chomhairlich Donna Nic a' Ghobhainn luchd-obrach a sgaradh bho Coimiseanairean an taobh a-staigh Nì 5 a thaobh ùidhean, agus cosmahalachd a lùghdachadh gu 4.

Nì 4 Còd Giùlain– chaidh aontachadh gum bu chòir seo fhàgail aig an ìre làithreach agus ath-sgrùdadh aig an ath choinneamh.

Nì 6 Gèilleadh – Bha Cailean Ceanadach airson a dheasbad. Chaidh aontachadh gum biodh an cuspair seo air a dheasbad ann an Seisean Dùinte, aig deireadh gnothaich an t-Seisein Fhosgailte agus an cunnart ath-bheachdachadh às dèidh sin nam biodh feum air.

Thug Sandaidh Cross fa-near gun robh a' Chomataidh Sgrùdaidh airson lùghdachadh fhaicinn anns an àireamh de nithean air a' Chlàr Cunnairt.

b. AONTA BUIDSEAT IONMHAS 2013-14

Thug Gòrdan Dòmhnallach na Coimiseanairean tron Phàipear air a' bhuidseat. A' freagairt ceist bho Mhurchadh MacIllinnein, chomhairlich e gu bheil eadar-theangachadh gu Gàidhlig air a ghabhail a-steach ann am prìomh chosgaisean na buidhne.

A thaobh aonta don bhuidseat mhionaidich, dh'aontaich am Bòrd gum bu chòir seo a bheachdachadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais, air a leantainn le aonta bhon Bhòrd air post-d no aig Coinneamh Bùird, an crochadh air àm.

An dèidh deasbad air roghainnean maoineachaidh don Phrògram Tasgaidh A-Staigh a tha san amharc, chaidh aontachadh a dhol air adhart le Roghainn 3, a' ceadachadh ùine do Chaitriona NicIllEathain beachdachadh air a' chùis gu mionaideach, a thaobh comasachd a bhith a' dreachadh cùis gnothachais làidir gu Riaghaltas na h-Alba airson tuilleadh maoineachaidh.

c. ATH-SGRÙDADH AIR DÈANAMH CHO-DHÙNAIDHEAN (BHO 6 MÀRT 2013)

Thugadh am Pàipear fa-near. Ghabh Coimiseanairean ris gun robhar ag aithneachadh an duilgheadais agus fhuair eadhad dearbhachd nach tachradh e a-rithist.

6 CO-LABHAIRTEAN IONADAIL MHEASADAIREAN

a. Cruth agus Susbaint Cho-labhairtean

Thug Siùsaidh Walker taing do Chaitlin Nic na Ceàrdaich airson a' chùis seo a phutadh air adhart. Thug Sìne NicThòmais Coimiseanairean tron Phàipear a bha air a' bhòrd. Chaidh aontachadh gum bu chòir Leòdhas agus Na Hearadh a bhith mar aon sgìre le Barraigh, Uibhist a Tuath agus a Deas mar sgìre eile. Aon uair 's gu bheil a' gabhail cunntas air an seo, dh'aontaich am Bòrd ris a' chlàr airson nan co-labhairtean ionadail air am mìneachadh sa Phàipear.

Chaidh aontachadh nan ceadaicheadh ùine taisbeanadh no deasbad air SRDP/CCAGS, gum bu chòir dèiligeadh leis an seo le luchd-obrach SGRPID. Dhaingnich Sìne NicThòmais gum biodh Clàran na h-Alba an sàs anns co-dhiù a' chiad dà cho-labhairt, gus bùithtean-obrach a liubhairt air a' Chlàr Croitearachd. Chaidh iarraidh oirre dearbhadh dè cho fada 's a bha Clàran na h-Alba ag iarraidh airson liubhairt nam bùithtean-obrach, gus dèanamh cinnteach gum bi ùine gu leòr

ann airson a dhol thairis air cùisean ionaltraidhean. Mura bi, feumar co-dhùnadh cò aca a bhios air thoiseach aig an ath choinneamh.

Dhaingnich Donna Nic a' Ghobhainn gun robh RoS air Fòram Luchd-ùidh a chur air bhonn, a bha gun choinneachadh fhathast agus gun robh na cuairtean samhraidh a tha san amharc a ghabhadh a-steach Fèilltean Àiteachais, fhathast gam planadh.

Chaidh aontachadh gum bu chòir dhuinn iarraidh gum bi RoS a' gabhail pàirt den chosgais an lùib cho-labhairtean ionadail, agus gum bu chòir na seiseanan de bhùithtean-obrach a bhith air am fosgladh a-mach gu uachdarain coimhearsnachd, buidhnean seilbh-fearainn agus nam biodh gu leòr àite ann, comataidhean ionaltraidh.

7 POILEASIDHEAN & PRÒISEASAN

a. Àite Mheasadairean ann an Obair-cùise Riaghlachaidh

Chuir Artair Dòmhnallach am Pàipear an aithne. Tha Coimiseanairean a' tuigsinn gu bheil ìrean eadar-obrachaidh eadar-dhealaichte ann le Measadairean agus chuir iad fàilte air amas a' Phàipeir, a bha airson meadhan coitcheann a chomharrachadh a thaobh a bhith a' toirt a-steach Mheasadairean do dh'obair-cùise riaghlachaidh.

Chaidh aontachadh gum bu chòir, far an gabhadh e dèanamh, beachdan bho Mheasadairean a bhith sgrìobhte agus nach gabhar ri beachdan pearsanta.

Chaidh aontachadh gum biodh am pròtacal ùr, mar a tha air a mhìneachadh sa Phàipear, air fheuchainn a-mach agus gun daingnicheadh luchd-obrach do luchd-obrach RPID nach bu chòir beachdan Mheasadairean a bhith air an sireadh ach air ceistean sònraichte. Bu chòir do luchd-obrach RPID an uair sin beachdan sam bith, a fhuair eadhon bho Mheasadairean mar phàirt de phròiseas aithris cùise, a leughadh air ais dhaibh air a' fòn airson adhbharan dearbhaidh.

b. Chaidh Nì 7b a gabhail ann an Seisean Dùinte.

8 GNÌOMHACHD COIMISEIN SAN AMHARC

i. Ath-sgrùdadh Bliadhnail air a' Choimisean

Mhol Siùsaidh Walker gun cuireadh an Coimisean seachad a' coimhead ris na thathar air a choileanadh thar na bliadhna a dh'fhalbh, agus na tha ri dhèanamh fhathast; na tha am Bòrd air a dhèanamh math agus na tha air a bhith gu h-àraid dùbhlach.

Chaidh aontachadh a' choinneamh sa chlàr airson an Ògmhios a bhith na Latha Ath-sgrùdaidh, agus gun ghnòthaich deatamach sam bith a gabhail mura robh e gu tur riatanach. Chaidh aontachadh gum biodh an latha seo a' gabhail a-steach fèin-mheasadh agus thuirt Caitriona NicIllEathain gum biodh i toilichte stuthan a sholarachadh air a shon.

ii. **Adhartachadh gu Ministear – Coinneamh Bhliadhnail le Sgiobaidhean Ministrealach**

Dheasbaid buill air a' bheachd seo, a bha air a thighinn bho Donaidh Ross. Mhìnich Uilleam Swann gun robh coinneamhan còmhla le Bùird eile air a' chlàr-obrach aig HIE mar-thà. Chaidh aontachadh gum bu chòir faighinn a-mach bhon Mhinistear a thaobh a bheachd air an seo.

iii. **Co-dhùnaidhean stèidhichte air fianais agus cluinidhean**

Mhìnich Donaidh Ross an cùl-fhiosrachaidh don seo. Chuairtich Daibhidh Balharry mapaichean a thugadh bho dhàta SNH, a' taisbeanadh nan ionaltraidhean coitcheann a bha iad a' creidsinn gu bhith ann an droch shuidheachadh àrainneachdail. Mhìnich e far a bheil sònrachadh àrainneachdail aig ionaltradh, feumaidh an Coimisean co-chomhairleachadh le SNH.

Chaidh aontachadh Pàipear a thoirt gu buil a bhiodh a' coimhead ri dè a' bhuidheann air a bheil uallach airson dè air raointean den ionaltradh choitcheann, gus nochdadh cò aige tha an ùghdarras laghail, a' coimhead ri dleastanasan fo shònrachaidhean àrainneachdail a thuilleadh air soilleireachadh àite a' Choimisein ann am freagradh chluainidhean. San eadar-ama, dheigheadh obair air na riaghailtean ùra ionaltraidh a chur gu aon taobh.

iv. **Suidheachadh luchd-obrach ùr taobh a-muigh Inbhir Nis**

Chaidh aontachadh gum bu chòir Pàipear a chur chun a' Bhùird ro dheireadh na bliadhna, a' beachdachadh air na roghainnean airson suidheachadh luchd-obrach ùr anns na h-Eileanan an Iar.

v. **Cruthachadh chroitean ùra ann an Loch Abar, Bàideanach is Srath Spè agus Siorrachd Mhoireibh**

Chuir Donaidh Ross an nì seo an aithne, a' mìneachadh gun robh seo air amas air cruthachadh chothroman do dhaoine òga. Chaidh aontachadh ged nach robh e furasta don Choimisean mar riaghlaidhe, cruthachadh chroitean ùra a chur air adhart, bu chòir dhuinn stiùireadh soilleir a sholarachadh do bhuidhnean leithid an SCF. Mar sin, bu chòir stiùireadh a thoirt gu buil a bhios a' gabhail a-steach stiùireadh laghail air cruthachadh chroitean ùra.

9 CEANN-LATHA NA H-ATH CHOINNEIMH

Bidh an ath choinneamh na Latha Ath-sgrùdaidh air 12 Ògmhios 2013.

10 GSBE

Dh'fhaighnich IG MacDhòmhnaill an robh am Bòrd ag aontachadh gum biodh aon de na coinneamhan taobh a-muigh Inbhir Nis am-bliadhna, mar a thachair an-uiridh. Chaidh aontachadh gum bu chòir seo a chur an òrdugh agus b' e Loch Abar an t-àite a chaidh a thaghadh.

Chuir seo crìoch air an t-Seisean Fhosgailte.

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS SEISEAN FOSGAILTE COINNEAMH COIMISEAN NA CROITEARACHD ANNS AN RAMADA ENCORE AIR 12 ÒGMHIOS 2013

An làthair:	Siùsaidh Walker Cailean Ceanadach Donaidh Rosach IG MacDhòmhnail Caitlin Nic na Ceàrdaich Sandaidh Cross Uilleam Swann	Neach-gairm Coimiseanair Coimiseanair Coimiseanair Coimiseanair Coimiseanair Coimiseanair
	Caitriona NicIIIeathain Iain Bryce Sine NicThòmais	Àrd-Oifigear Manaidsear Gnothachais Rùnaire Geàrr-chunntais

1 FÀILTE IS LEISGEULAN

Fhuair eadh leisgeulan mar a leanas:

Fhuair eadh leisgeulan bho Mhurchadh MacIlinnein. Bha Arnie Pirie air a ràdh gun tigeadh e mu 10m.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

A thaobh Nì 5 air a' Chlàr, bha Murchadh MacIlinnein air com-pàirt fhoillseachadh ann an Nì 5a agus Cailean Ceanadach ann an Nì 5d.

3 AONTA DO DHREACH GEÀRR-CHUNNTAS 8 CÈITEAN 2013

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh Bùird air 8 Cèitean 2013 gun atharrachadh sam bith.

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Chaidh na Puingean Gnìomha bhon choinneamh air 6 Màrt 2013 ath-sgrùdadh:

01/06.02.13 – bha a h-uile Gnìomh air an coileanadh.

Bhon bha uallach nam Puingean Gnìomha air an liostadh fo 6 Màrt 2013 air luchd-obrach nach robh an làthair, bha e air fhàgail aig an Àrd-Oifigear nithean sam bith nach robh dèante adhartachadh.

Ath-sgrùdadh air Puingean Gnìomha bhon choinneamh air 8 Cèitean 2013:

18/08.05.13 – Thug an t-Àrd-Oifigear fiosrachadh don Choimisean a thaobh na h-àireimh de Ath-thagraidhean nach robh dèante leis an SLC (11) agus an ìre de bhualteachd san amharc, a' mineachadh gur e cùisean laghail a th' anna sa mhòr-chuid agus gu bheil deasbad leis an Roinn Urrasachd a' dol air adhart.

21/08.05.13 – Bha an Neach-gairm air comasachd air coinneamh bhliadhnail eadar an Coimisean agus an Sgioba Mhinistrealach a dheasbad leis an Roinn Urrasachd.

5 PÀIPEARAN AIRSON DAINGNEACHADH

a. Cead a bhith às-làthair – eileanan gun daoine

Dh'aontaich an Coimisean ris a' mholadh anns a' Phàipear, leis a' chumha nach biodh cead cuibhrichte gu tràth suidhichte ach gum biodh e umhail do ath-sgrùdadh bho àm gu àm.

b. Croitean air am Pàirt Mhàladh

Dh'aontaich an Coimisean co-dhùnadh air a' Phàipear seo a dhàileachadh, ag iarraidh Pàipear eile air a' chùis seo a bhith air a thoirt gu Coinneamh Bùird an Lùnastail.

c. Gearan Fadalach

Dhiùlt an Coimisean an gearan fadalach a cheadachadh. Roghnaich Caitlin Nic an t-Sealgair gun bhòtadh.

d. Atharrachadh don Chlàr Croitean

Dh'aontaich an Coimisean cead a thoirt don RoC a bhith air ath-ùrachadh, a' gabhail a-steach meudachadh air a' chroit.

6 CEANN-LATHA NA H-ATH CHOINNEIMH

7 Lùnastal 2013 – Taigh a' Ghlinne Mhòir

7 GSBE

- i. Thug an t-Àrd-Oifigear iomradh air Clàr 1 Earrann 12(3) de Achd 2010, a tha a' cheadachadh buill a cho-thaghadh gu comataidhean nach eil nam buill den Choimisean. Dh'aontaich an Coimisean ann am prionnsapal don Àrd-Oifigear solar na h-Achd seo a chur an gnìomh.
- ii. Bha dragh air a' Choimisean a thaobh an uimhir tìde a bhathar a' toirt a' crìochnachadh chùisean co-cheangailte ris an Èisteachd ann am Baile Chaolais a Tuath. Chaidh aontachadh gum bu chòir co-labhairt fòn a chur air bhonn airson Diluain 17 Ògmhios le Murchadh MacIllinnein, Cailean Ceanadach agus IG MacDhòmhnaill.

Chuir seo crìoch air gnothaich an t-Seisein Fhosgailte.

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 7 LÙNASTAL 2013

An làthair:	Siùsaidh Walker	Neach-gairm
	Cailean Ceanadach	Iar-Neach-gairm
	Donaidh Ross	Coimiseanair
	IG MacDhòmhnaill	Coimiseanair
	Caitlin Nic na Ceàrdaich	Coimiseanair
	Murchadh MacIllinnein	Coimiseanair
	Sandaigh Cross	Coimiseanair
	Uilleam Swann	Coimiseanair
	Catriona NicIlleEathain	Àrd-Oifigear
	Donna Nic a' Ghobhainn	Ceannard I.S.
	Gòrdan Dòmhnallach	Ceannard Ionmhais
	Iain Toal	Ceannard Poileasaidh & Dleastanasan
	Eòsaph MacIlleChiar	Ceannard Riaghlaidh
	Sine NicThòmais	Ceannard Conaltraidh & Rùnaire
	Asif Haseeb	Sgrùdadh Alba

1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Fhuair eadh leisgeulan mar a leanas:

Fhuair eadh leisgeulan bho Arnie Pirie, Coimiseanair.

Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gun robh an Àrd-Sgioba Stiùiridh uile an làthair agus gum biodh iad a' frithealadh choinneamhan gus làn aithisg air cùisean brioghmhor a libhrigeadh air ais gu luchd-obrach a' Choimisein.

Chuir an Neach-gairm fàilte air Asif Haseeb chun na coinneimh, a' mìneachadh a dhreuchd mar Sgrùdaire a thaobh Nì 6 air a' Chlàr-gnothaich.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Cha deach com-pàirt sam bith fhoillseachadh. Chuir an Neach-gairm an cuimhne Choimiseanairean gum faodadh iad togail air com-pàirt a-rithist nan tigeadh sin an-àird ann an deasbadan na coinneimh.

3 AONTA DO DHREACH GEÀRR-CHUNNTAS 12 ÒGMHIOS 2013

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 12 Ògmhios 2013 le umhlachd do na h-atharrachaidhean a leanas:

Duilleag	Nì	Paragraf	Bu chòir don teacs Atharraichte / A Bharrachd a bhith
6	4	1	Bha an Neach-gairm air freagairt a chur gu Inkster ron choinneamh agus air a freagairt a chur gu Coimiseanairean. An seantans ri h-atharrachadh gus seo a nochdadh.
6	3	3	Seantans ri dhèanamh soilleir gum bi na Riaghailtean Modha a' fuireach gus an cuirear nì eile nan àite.

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Chaidh coimhead ris na Puingean Gnìomha bhon choinneamh mu dheireadh air 12 Ògmhios 2013:

4 Cùisean ag èirigh – Thug Uilleam Swann fiosrachadh às ùr don Choimisean air na deasbadan san amharc mu chùisean croitearachd le lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, a' mineachadh gun togadh e seo aig an ath choinneamh.

7i AOB Dh'innis an t-Àrd-Oifigear don Choimisean, mar thoradh air a bhith a' cleachdadh solar na h-Achd airson buill a cho-thaghadh gu comataidhean a chaidh aontachadh air 12 Ògmhios, gun robh Derek Flyn air tòiseachadh anns a' Bhuidheann Obrach Geàrr-ama a' lèirmheas Phoileasaidhean agus Mhodhan.

Dh'iarr an Neach-gairm gum biodh an Geàrr-chunntas a' clàradh, a' leantainn air coinneamh a' Bhùird air 8 Cèitean 2013, gun robh IG MacDhòmhnail agus Uilleam Swann air sgìre obair-cùise Coimiseanair Swann a roinn, le IG MacDhòmhnail a-nis a' còmhach sia paraistean a bharrachd agus gun robh an rèiteach seo ag obair gu math.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir Derek Flyn fhiathachadh gu coinneamh Bùird ri teachd na dhreuchd mar bhall den Bhuidheann Obrach Geàrr-ama, a' lèirmheas Poileasaidhean & Modhan a' Choimisein.
-------------------	--

5 PÀIPEARAN AIRSON DAINGNEACHADH

a Gnàth-riaghailtean

Mhìnich an t-Àrd-Oifigear gun robh am Pàipear, a chaidh a-mach air post-d airson co-dhùnadh, air aontachadh le trì atharrachaidhean rin dèanamh mar a leanas:

Nì 9.1 – Am briathrachas air 'Nithean Clàr-gnothaich' ri atharrachadh gus toirt fa-near gum faod nithean fadalach a bhith air an togail fo GSBE ach gum bu chòir nithean brioghmhor a bhith air an gabhail a-steach ann am meadhan a' Chlàr-gnothaich.

Nì 17.2 – Taghadh an Iar-Neach-gairm ri chumail aig an dàrna coinneamh den Choimisean seach aig a' chiad choinneamh.

Nì 19.3 – Bha an t-Àrd-Oifigear air seaghan practaigeach an Nì air ‘Foillseachadh Com-pàirt’ a dheasbad leis an Roinn Urrasachd agus mar thoradh air an sin, bhiodh briathrachas 19.3 air atharrachadh gus ceadachadh do Choimiseanairean a tha nan croitearan pàirt a ghabhail ann an deasbadaidhean air cùisean co-cheangailte ri croitearachd.

Dh’aontaich an Coimisean leis na h-atharrachaidhean agus thug an Neach-gairm taing dhaibhsan a bha air a bhith ag obair gus seata ùraichte is farsaing de Ghnàth-riaghailtean a sholarachadh don Choimisean, a bhiodh a-nis a’ riaghladh mar a bhiodh coinneamhan air an stiùireadh.

Co-dhùnadh	Dh’aontaich an Coimisean ris na Gnàth-riaghailtean ùraichte le atharrachaidhean air a’ bhriathrachas ri dhèanamh a rèir a’ Gheàrr-chunntais seo air nithean 9.1, 17.2 agus 19.3.
-------------------	---

a. Tuairisgeul Dleastanais do Bhuill a’ Bhùird, Neach-gairm agus Iar-Neach-gairm.

Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gun robh na tuairisgeulan a chaidh a chleachdadh sa Phàipear a bha air a chur a-mach air post-d airson aonta agus co-dhùnadh, stèidhichte air an fheadhainn a thugadh do Choimiseanairean aig àm am fastaidh.

Rinn Coimiseanairean deasbad air dleastanas an Iar-Neach-gairm, ag ainmeachadh taic do ìocadh nas àirde airson na dreuchd seo. Chaidh aontachadh gun deigheadh coimhead ris an t-suidheachadh làithreach ann an 6-8 mìosan agus gun toireadh an t-Àrd-Oifigear Pàipear chun a’ Bhùird mu dheidhinn seo an taobh a-staigh bliadhna.

Co-dhùnadh	Dh’aontaich an Coimisean ris an Tuairisgeul Dleastanais airson buill a’ Bhùird, an Neach-gairm agus Iar-Neach-gairm agus dh’iarradh lèirmheas air an t-suidheachadh làithreach a thaobh ìocaidh don Iar-Neach-gairm ann an 6-8 mìosan.
-------------------	---

b. Co-chomhairlean is Coinneamhan a’ Phlana Leasachaidh Ionadail

Rinn an Ceannard Conaltraidh gearr-iomradh air a’ Phàipear a bha air a chur a-mach air post-d airson aonta agus co-dhùnadh. Chaidh aonta a chur ris a’ Phàipear gun atharrachadh sam bith.

Co-dhùnadh	Dh’aontaich an Coimisean ris a’ mhodh conaltraidh le Ùghdarrasan Planaidh a bha air a mholadh airson Planaichean Leasachaidh Ionadail.
-------------------	---

c. Gearan Anmoch

Shoilleirich an t-Àrd-Oifigear gum b’ e beachdachadh air a’ Phàipear a chaidh a-mach air post-d airson co-dhùnadh, a bhith a’ cuimseachadh air an robh an Coimisean a’ gabhail ris na h-adhbharan airson cur a-steach anmoch seach a bhith a’ beachdachadh air na gearanan.

Co-dhùnadh	Dh’aontaich an Coimisean gabhail ris an adhbhar airson cur a-steach anmoch air gearan bho Mhgr Camshron ach dhiùltadh gabhail ris a’ ghearan a bharrachd.
-------------------	--

6. AITHISG AN NEACH-SGRÙDAIDH BHON TAOBH A-MUIGH AGUS AONTA DO NA CUNNTASAN BLIADHNAIL

Às leth a' chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais, dh'aithris Sandaidh Cross air buil na coinneimh comataidh a ghabh àite air 1 Lùnastal 2013, aig an robh Mgr Haseeb an làthair agus far an do bheachdaich a' chomataidh air aithisg an Neach-sgrùdaidh agus na Cunntasan. Bidh lethbhreac den aithisg air a cuairteachadh gu Coimiseanairean.

Labhair Mgr Haseeb ris a' Choimisean agus dh'innis e gun robh an aithisg a' riochdachadh sgrùdadh glan agus gum b' e seo a' chiad bhliadhna a chaidh a leithid sin de sgrùdadh a choileanadh agus bhiodh seo an-còmhnaidh a' togail air cùisean a dh'fheumadh am fuasgladh. B' e aon den fheadhainn sin an tar-chosg mar thoradh air fòrladh cruinnichte agus àm sùbailte luchd-obrach air a ghiùlain bho aon bhliadhna buidseat chun na h-ath bhliadhna agus cosgaisean co-cheangailte ri uidheam IT. Chaidh seo a thoirt gu aire na Roinne Urrasachd agus bha clàr-ama soilleir ann airson na h-ath bhliadhna le molaidhean airson leasachadh ann an raointean leithid Stiùireadh Cunnairt, an Clàr Cunnairt agus Riaghladh Corporra ri thighinn air adhart gu an Àrd-Sgioba Stiùiridh. Tha feum air Plana Corporra a' Choimisein a cheangal ris a' bhuidseat agus air Còrdadh foirmeil a thaobh Ìre Seirbheis le SNH gus seirbheisean co-roinnte a chòmhdach. Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gu bheilear ag obair air an seo.

Bha Mgr Haseeb toilichte gun robh coinneamhan matha air a bhith a' gabhail àite leis na h-oifigearan buntainneach anns a' Choimisean agus thug an t-Àrd-Oifigear taing dha airson na modha cho-obrachail a ghiùlain e leis an luchd-obrach. Dh'aontaich an Coimisean ris na Cunntasan Bliadhnail, a dheigheadh a-nis gu an Àrd-Neach-sgrùdaidh agus chuir an Neach-gairm a taing ri taing an Àrd-Oifigeir. .

A thaobh Riaghladh Corporra, rinn an Coimisean deasbad air an fheum air Plana Corporra ùr on bha Plana Coimisean na Croitearachd a-nis air aontachadh leis a' Mhinistear, leis an Àrd-Oifigear a' daingneachadh gun robh Plana Corporra a fhuair aonta bhon Choimisean a bh' ann, ann an àite chun an Earraich 2014. Chaidh aontachadh gum bu chòir Latha Planaidh don Choimisean a bhith ann gus cuimseachadh air Plana Corporra ùr. Cheadaich seo don Choimisean na prìomhachasan aontachadh a bhiodh air an comharrachadh sa Phlana Chorporra, a dh'fheumadh na builean riatanach airson obair a' Choimisein ainmeachadh.

Dh'fhàg Mgr Haseeb a' choinneamh aig an ìre seo.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean ris na Cunntasan Bliadhnail. Dh'aontaich an t-Àrd-Oifigear Latha Planaidh eagrachadh gus ullachadh air Plana Corporra ùr a cheadachadh.
-------------------	---

7. AITHISG BHLIADHNAIL 2012-13

Dhaingnich Sandaidh Cross gun robh a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais air beachdachadh air an Aithisg Bliadhnail agus gu bheil iad sàsaichte le eileamaid ionmhasail na h-aithisg, a rèir an nì gu h-àrd.

Chuir an Neach-gairm cuideam air an fheum air tòiseachadh a' cur ri chèile fiosrachaidh agus a' cruinneachadh dàta cho luath 's a ghabhas airson na h-ath Aithisg Bliadhnail. Mhìnich an t-Àrd-Oifigear mun bhuidh a dh'fhaodadh a bhith air raointean-àma airson crìoch a chur air an aithisg, air adhbhrachadh leis an Aithisg a bhith amalaichte leis na Cunntasan a rèir Nì 6. Shoilleirich Ceannard an Ionmhais gu bheil Meòrachan Ionmhasail Aithris Stiùiridh ag ràdh gum feum an Aithisg Bliadhnail agus na Cunntasan Bliadhnail a bhith nan aon sgrìobhainn, ach chan eil an Achd ag àithneadh seo. Chaidh aontachadh gum faodaist coimhead ris an seo a-rithist.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean ris an Aithisg Bliadhnail 2012-2013.
-------------------	--

8. BUIDHNEAN OBRACH GEÀRR-AMA

Mhìnich an Neach-gairm carson a chaidh na Buidhnean Obrach Geàrr-ama a chur air bhonn agus dh'iarr i air na Coimiseanairean a tha an sàs annta cunntas às ùr a thoirt air an obair a chaidh a chrìochnachadh.

Dh'aonbtraich Murchadh MacIllinnein suidhe air a' bhuidheann **Comhairle Laghail**.

Thug IG MacDhòmhnail fiosrachadh às ùr air an obair a chrìochnaich am buidheann a tha a' lèirmheas **Modhan Ghearanan**. Tha pàipearan agus geàrr-chunntas bhon choinneamh rim faotainn air an eadra-lìon agus chaidh adhartas deimhinneach a dhèanamh.

Chaidh aontachadh gum faod gu bheil Coimiseanairean airson nan Notaichean fhaicinn a thogadh aig coinneamhan STWG uile agus chleachdadh luchd-obrach iad seo agus cuideachd airson beachdachadh air leasachaidhean air an dòigh sa bheil fiosrachadh air a stòradh, gus cothrom nas fhasa a thoirt do Choimiseanairean.

An dèidh cluinntinn mar a tha HIE a-nis a' cleachdadh ipadan do bhuill a' Bhùird, a thathar a' cleachdadh gus faighinn a-steach gu Pàipearan co-cheangailte ris a' Bhòrd uile, dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gu bheil an Coimisean a' beachdachadh air an seo.

Thug Cailean Ceanadach fiosrachadh às ùr do na Coimiseanairean air obair na buidhne a tha a' coimhead ri **Poileasaidhean is Modhan**. Rinn Coimiseanairean deasbad air a' phrìomh ghnìomh-obrach a tha am buidheann seo air gabhail os làimh, leis an Neach-gairm a' mineachadh gu bheil fo-bhuidheann a bharrachd air a chur air chois gus coimhead ri foirmean tagraidh.

Chaidh aontachadh aon uair 's gu bheil cùisean air ìre shònraichte a ruighinn, gum bi iad air an toirt air ais chun a' Bhùird airson beachdachadh orra, le cuid de chùisean airson fiosrachadh agus feadhainn eile airson co-dhùnadh.

Mar fhreagairt do cheist air lethbhrìc de Riaghailtean Modha a tha aig cuid de Choimiseanairean ann an riochd leabhair, dh'aontaich an t-Àrd-Oifigear beachdachadh air an dòigh as fheàrr air na Riaghailtean a thoirt do Choimiseanairean.

Thug IG MacDhòmhnail fiosrachadh às ùr air an obair crìochnaichte leis a' bhuidheann a bha ag ullachadh diofar fhoirmean agus cho-chomhairlean air **Fiosan Bliadhna, Dleastanas Aithris agus Riaghailtean Ùra Ionaltraidh**, leis an Neach-gairm a' daingneachadh cho luath 's a bhios an ath-dhreachadh den Fhios Bliadhna deiseil, gum bi seo air a thoirt chun a' Bhùird.

A thaobh obair na buidhne seo, rinn Coimiseanairean deasbad air atharrachaidhean sa bhriathrachas a bha riatanach anns na Riaghailtean Ionaltraidh ùr, a thaobh stèidheachadh air cluaineadh (sùmadh) airson an ionaltraidh nuair a tha e ann an àite le Sònrachadh Àrainneachdail. Thug an Neach-gairm taing dha Donaidh Ross airson togail air a' chùis chudromaich seo.

Thug an t-Àrd-Oifigear agus na h-oifigearan cunntas air an obair ann an cuid eile de na buidhnean obrach nach eil air an stiùireadh le Coimiseanair. Bha Coimiseanairean toilichte mun obair air a gabhail os làimh a thaobh trusaidh, ag aontachadh gu bheil fastadh agus gleidheadh deagh luchd-obrach aig teis-meadhain comas buidhne air na h-amasan anns a' Phlana a liubhairt. Ghabh Murchadh MacIllinnein air a dhol don Buidheann Obrach Trusaidh. Tha feum air a' cheangal eadar Coimiseanairean agus luchd-obrach a neartachadh agus bha an t-Àrd-Oifigear an dòchas gum biodh an Latha Planaidh san amharc air 2 Dàmhair na phàirt den seo. Thog an Neach-gairm gun robh na buidhnean obrach san robh Coimiseanairean agus luchd-obrach ag obair còmhla gus feabhas a thoirt air obair a' Choimisein, na leasachadh deimhinneach agus gun cothroman ann fhathast tairgsinn airson nam buidhnean sin.

9. PÀIRT CHROITEAN

Chuir Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan am Pàipear air a' bhòrd, a' mìneachadh gun robh e a' leantainn air co-dhùnadh a chaidh a dhèanamh roimhe air croitean slàn, agus gun robh barrachd comhairle laghail ga shireadh air pàirt chroitean.

Rinn Coimiseanairean deasbad air na nithean leantainneach co-cheangailte ri leigeil pàirt chroitean air màl, ag aontachadh nach robh tagraidhean airson di-chroiteadh nan dùbhlann cho mòr. Chaidh aontachadh, às aonais cùis deuchainn nach eil ùghdarras deimhinnte ann. Mhol an t-Àrd-Oifigear gum faodadh Coimiseanairean aontachadh ann am prionnsapal ri gabhail ris na molaidhean anns a' Phàipear gus a bheil a' chùis mu leigeil air màl air a shoilleireachadh. Chaidh aontachadh gu bheil feum air deasbad poileasaidh eile ach gum faodadh an Coimisean gabhail ri tagraidhean pongail di-chroitidh no leigeil pàirt croit air màl san eadar-ama.

Bha Coimiseanairean a' meòrachadh gum b' e seo 's dòcha aon de dh'àireamh chùisean far a bheil ath-sgrùdadh air reachdas làithreach riatanach, leis an Àrd-Oifigear a' mìneachadh gu bheil air iarraidh air a' Choimisean a leithid sin de ath-sgrùdadh a stiùireadh. Bha an Neach-gairm a' faireachdainn gur h-e sealladh deimhinneach air a' Choimisean a bha seo. Dh'aontaich Coimiseanairean gu bheil mòran de na cùisean far am faodadh ath-leasachadh reachdail a bhith riatanach, air an togail ann an obair an STWG air Poileasaidh is Modhan.

Chaidh aontachadh gun toir Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan Pàipear air adhart gu coinneamh Bùird na Sultaine, gus am faod deasbad air poileasaidh a chur an gnìomh gus ceadachadh do Choimiseanairean tighinn gu co-dhùnadh. Bu chòir don Phàipear cuideachd dèiligeadh leis an fheum air cunbhalachd ann an tighinn gu co-dhùnidhean, agus beachdachadh a bheil feum air an sgeama tiomnaidh atharrachadh a thaobh roinnean a thuilleadh air leigeil pàirt croit air màl.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gabhail ri tagraidhean pongail airson beachdachadh air di-chroiteadh agus leigeil pàirt croit air màl, le Pàipear gu bhith air ullachadh airson 11 Sultain air Leigeil Pàirt Croit air Màl, a' gabhail a-steach croitean falamh.
-------------------	--

A' leantainn air fois goirid agus ro ath-thòiseachadh air deasbad nan nithean air a' Chlàr-obrach, chuir an Neach-gairm an cuimhne luchd-obrach agus Coimiseanairean mun fheum air tighinn gu co-dhùnidhean a tha co-chòrdail ris a' Phlana aontaichte. Bu chòir a dhaingneachadh don luchd-obrach nach eil am Plana eadar-amail na àite tuilleadh, agus gum feumar siostam de sgrùdaidhean a leasachadh gus cunbhalachd ann an tighinn gu co-dhùnidhean a dhèanamh nas fheàrr, ann an co-rèir ris a' Phlana.

10. IONNSRAMAID TIOMNAIDH ATH-SGRÙDAICHTE

Chuir an Ceannard Riaghlaidh an nì seo an aithne, a bha a' moladh ath-sgrùdadh air an Ionnsramaid Tiomnaidh gus toirt gu bun-tomhais mar a thathar a' dèiligeadh le tagraidhean far nach eil stiùireadh sònraichte san Achd. Bhiodh aonta don mholadh na cheum eadar-amail gus a bheil obair Buidheann Ath-sgrùdaidh Poileasaidh is Modhan crìochnaichte.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean an Ionnsramaid Tiomnaidh ath-sgrùdadh gus an t-eadar-dhealachadh eadar diofar seòrsaichean tagraidh a thoirt air falbh a thaobh beachdachadh air gearanan fadalach.
-------------------	---

11. CUNNTASAN LAGHAIL ÀS ÙR – ÈISTEACHDAN

Mhìnich an Ceannard Riaghlaidh gu bheil cùisean co-cheangailte ri Èisteachdan gan deasbad mar phàirt de dh'obair STWG Poileasaidh is Modhan, agus gun deach am Pàipear a thoirt chun a' Choimisein gus deasbad air comhairle laghail a fhuairleadh mu dheidhinn cò a dh'fhaodadh fianais a thoirt aig Èisteachd.

Rinn na Coimiseanairean deasbad air an diofar eadar 'Còir do Chluinntinn' agus Èisteachd, agus chaidh aontachadh gur e còir 'nàdarrach' a th' anns a' chiad fhear agus gur h-e pròiseas laghail a th' anns an fhear eile. Chaidh aontachadh gur h-e cùis dheatamach a th' anns a' chuideam a bheirear do fhianais aig Èisteachd, a dh'fheumas Cathraiche na h-Èisteachd a dhèanamh soilleir.

Dh'aontaich Coimiseanairean, ach a-mhàin ann an cùisean Di-chroitidh, gur e gnìomh fo ùghdarras a th' ann an Èisteachd agus mar sin gur e inneal a th' ann a bha ri fhaotainn leis a' Choimisean mar bhuidheann riaghlaidh gus an Coimisean a chuideachadh le a ghnìomhan a choileanadh. Faodaidh Èisteachdan a bhith nan tùsan luachmhor airson fianais ùr ann an cùisean toinnte.

Chaidh aontachadh gabhail ris a' mholadh anns a' Phàipear gus an tigeadh aithisgean air Èisteachdan bhon bhuidheann Poileasaidh is Mhodhan, agus cur ann an cuimhne Chathraichean a dhèanamh soilleir aig Èisteachd ged a bheir e cead do phàrtaidhean labhairt a' leantainn air Èisteachd, gun tig e gu dearbhadh a rèir a' chuideim a bu chòir a chur air an fhianais a thàinig am follais.

Lean Coimiseanairean air adhart a' deasbad air comhairle laghail a fhuairleadh agus inbhe na comhairle sin a cheasnachadh a thaobh roinnidhean. On bha e a' foillseachadh com-pàirt an seo, dh'fhàg Cailean Ceanadach an seòmar tron deasbad.

Bha dragh air an Neach-gairm gun robh a' chomhairle a fhuairleadh a thaobh Èisteachdan a' gabhail a-steach iomradh air roinnidhean, fhad 's a tha am buidheann lagha a thug seachad a' chomhairle an sàs ann an cùis chonnsaideach aig Cùirt an Fhearainn. Bha dragh ann gum faodadh seo strì eadar com-pàirtean a riochdachadh. Chaidh aontachadh gum bu chòir companaidhean sam bith a bhathar a' cleachdadh gus comhairle laghail a sholarachadh don Choimisean, a bhith glè chùramach mu tharraing a-mach ma tha strì ann eadar com-pàirtean. Chaidh aontachadh nach robh an earrann shònraichte ann an litir an neach-lagha a' riochdachadh comhairle laghail. Bha e a' toirt seachad beachd air an stoidhle air a leasachadh leis a' Choimisean nan Stiùireadh is Fiosan. Bu chòir don earrann seo a toirt às le nota a' mineachadh nan adhbharan airson a toirt às ga chur air faidhle.

Chaidh iarraidh air Cailean Ceanadach tilleadh don choinneamh.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean am poileasaidh làithreach air Èisteachdan a chumail gus an tigeadh aithisgean an STWG air Poileasaidh is Modhan chun a' Bhùird mun chùis seo. Chaidh aontachadh cuideachd gun cuir luchd-obrach an cuimhne bhuidhnean lagha an fheum air dèanamh cinnteach nach eil Strì eadar Com-pàirtean ann an dèiligeadh le cùisean.
-------------------	---

12. LITIR BHO RBS

Mhìnich Murchadh MacIllinnein an cùl-fhiosrachaidh don nì seo. Tha Coimiseanairean mothachail do na duilgheadasan a tha aig cuid de chroitèaran (gu h-àraidh croitèaran òga) ann am faotainn maoinachaidh airson morgaids. Is e cùis eile a tha seo far is dòcha gu bheil feum air fuasgladh reachdail a' còmhachadh thèarainteachdan. Nochd an Neach-gairm gun robh seo air a ghabhail a-steach anns an dreachd Bile ach nach d' ràinig e a-steach do Achd 2010, agus gum faodaist aithris don Mhinistear ma bha rùn ann ath-bheachdachadh air an earrainn seo aig àm obrach air reachdas croitèarachd san àm ri teachd.

Dh'aontaich Coimiseanairean gur e an dòigh a b' fheàrr am modal a chaidh a chur an gnìomh ann an còmhraidhean mun SRDP a chleachdadh, le com-pàirtichean a' co-obrachadh ann am buidheann ioma-bhuidhneach a' gabhail a-steach SCF agus NFUS.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir Murchadh MacIllinnein agus Siùsaidh Walker ceanglaichean a stèidheachadh le buidhnean com-pàrteachais gus a' chùis a rannsachadh agus aithris do Riaghaltas na h-Alba air Tabhartas Taigheadais Croitearan. Murchadh MacIllinnein ri stiùir a ghabhail air an seo.
-------------------	---

13 CEANN-LATHA NA H-ATH CHOINNEIMH

Bidh an ath choinneamh a' gabhail àite ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir air 11 Sultain 2013.

14 GSBE

- i. Thug an Neach-gairm cunntas às ùr do Choimiseanairean mun t-suidheachadh a thaobh croitearan-seilbhe aig an robh tagraidhean di-chroitidh air an cur gu aon taobh, a' feitheamh ri cur an achd air an Achd Atharrachaidh Croitearachd 2013. Bhiodh i a' sgrìobhadh chun a' Mhinistear le cunntas às ùr agus bha i air leth toilichte gun robh luchd-obrach agus Coimiseanairean a' giullachd nan cùisean sin mar ghnothaich deatamach.
- ii. Dh'aontaich Coimiseanairean gum bu chòir fios naidheachd ullachadh le abairt bho Choimiseanairean Sgìreil, gus buntainneas a mheudachadh don phoball.
- ii. Nochd Coimiseanairean dragh mun dòigh clàraidh airson a' Chlàir Croitearachd, a' cur cuideam air an fheum air conaltradh le Uachdarain Coimhearsnachd. Chaidh aontachadh tron Chathair gum bu chòir mion-fhiosrachadh Dhaibhidh Camshron a bhith air a chur gu Clàran na h-Alba, a' sùileachadh gum biodh Fearann Coimhearsnachd Alba a' ceangal suas ri Fòram Com-pàirtiche RoS. Chaidh a dhaingneachadh cuideachd gun toireadh Ceannard IS Pàipear chun na h-ath choinneimh Bùird air clàradh.
- iii. Dh'innis an Neach-gairm don Choimisean, mar a chaidh a nochdadh aig Coinneamh Shònraichte air 6 Lùnastal, gum bi Donaidh Ross a' seasamh sìos bhon Choimisean às dèidh coinneamh ionadail nam Measadairean air 21 Lùnastal 2013. Mar sin, is i seo a' choinneamh Bùird mu dheireadh aig Mgr Ross.

Bha an Neach-gairm airson a taing a chlàradh do Mhgr Ross, le taic bhon Àrd-Oifigear agus bho na Coimiseanairean uile.

Chuir seo crìoch air gnothaich na coinneimh.

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 11 SULTAIN 2013

An làthair:	Siùsaidh Walker	Neach-gairm
	Cailean Ceanadach	Iar-Neach-gairm
	Arnie Pirie	Coimiseanair
	IG MacDhòmhnaill	Coimiseanair
	Caitlin Nic na Ceàrdaich	Coimiseanair
	Murchadh MacIllinnein	Coimiseanair
	Sandaigh Cross	Coimiseanair
	Uilleam Swann	Coimiseanair
	Caitriona NicIlleEathain	Àrd-Oifigear
	Iain Bryce	Manaidsear Gnothachais
	Eòsaph MacIlleChiar	Ceannard Riaghlaidh
	Iain Toal	Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan
	Donna Nic a' Ghobhainn	Ceannard IS
	Sine NicThòmais	Ceannard Conaltraidh & Rùnaire Geàrr-chunntas
	Morag Menzies	Iar-Rùnaire Geàrr-chunntais

1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Fhuairleadh leisgeulan mar a leanas:

Fhuairleadh leisgeulan bho Ghòrdan Dòmhnallach. Thàinig Arnie Pirie a-steach aig 9:40am.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Cha deach com-pàirt sam bith fhoillseachadh. Nochd Cailean Ceanadach gum foillsicheadh e com-pàirt nam biodh sin riatanach aig àm deasbaid air nithean a' chlàir-obrach.

3 AONTA DREACHD GEÀRR-CHUNNTAS BÙIRD AIR 7 LÙNASTAL 2013

Chaidh aonta a chur ri geàrr-chunntas na Coinneimh air 7 Lùnastal 2013 le umhlachd do na h-atharrachaidhean a leanas:

Duilleag	Nì	Paragraf	Bu chòir don teacs Atharraiche/A Bharrachd
2	4	3	Atharraich "còig" paraistean gu sia
4	7	2	Cuir Aithris Stiùiridh ro "Meòrachan Ionmhasail" agus dubh às "Aithris Stiùiridh" ro Cunntasan
7	14i	1	Cuir "Àrd-Oifigear" an àite Neach-gairm

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Chaidh coimhead ris na Co-dhùnaidhean bhon choinneamh mu dheireadh air 7 Lùnastal 2013:

- Dhaingnich Uilleam Swann gu bheil e an sàs ann an deasbadan le Ceannard Neartachadh Choimhearsnachdan aig HIE, a thaobh rannsachadh maoinichte air an leudachadh a tha a' tighinn bho chroitearachd.
- Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gun deach Derek Flyn fhiathachadh gu seisean a' Choimisein ag ath-sgrùdadh obair nam buidhnean STWG air 1 Dàmhair 2013.
- Dhaingnich an Neach-gairm gun robh i air sgrìobhadh gu Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid gus togail air beachdachaidhean croitearachd a thaobh Poileasaidh Planaidh, agus bidh an t-Àrd-Oifigear a' deasbad seo le Comhairle na Gàidhealtachd. Chaidh aontachadh gum bu chòir coinneamhan a chur air bhonn còmhla ris na h-Ùghdarrasan Planaidh eile.
- Mhìnich an t-Àrd-Oifigear gum biodh bùth-obrach airson beachdachadh air prìomhachasan a' Phlana Chorpóra air a h-eagrachadh aig an aon àm ri coinneamh Bùird na Samhna, a' sùileachadh gun tig Plana làn-leasaichte air adhart gu coinneamh Bùird na Dùbhlachd.
- Tha an Aithisg Bhliadhnail deiseil airson a cur gun Phàrlamaid san t-seachdain mu dheireadh den t-Sultain.
- Dhaingnich an Neach-gairm gu bheil co-chomhairle Fiosan Bliadhnail, Dleastanas Aithris agus co-chomhairlean riaghailtean ùra ionaltraidh faisg air a bhith deiseil airson an cuairteachadh gu Coimiseanairean.
- Chuir an Neach-gairm lethbhreac de litir dheimhinneach air a' bhòrd a fhuair eadhon bhon Mhinistear, mar fhreagairt do litir bhon Neach-gairm thuige, a' mion-fhiosrachadh dha mar a chaidh dèiligeadh le cùisean a' leantainn air Aonta Rìoghail don Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Atharrachadh) 2013.
- Coinnichidh an Neach-gairm agus Murchadh MacIllinnein a dh'aithghearr gus a' chiad choinneamh den bhuidheann ioma-bhuidhneach a chur air dòigh, a thathar a' cur air bhonn airson beachdachadh air a' cheist mu thabhartasan taigheadais chroitearan.
- Chaidh mion-fhiosrachadh Dhaibhidh Camshron a chur air adhart, agus mar thoradh air an sin bha an Neach-gairm an dòchas gum biodh Clàran na h-Alba ag ath-bheachdachadh air àite airson coinneamhan an fhòram chom-pàirtichean aca no dòigh eile obrachadh a-mach gus dèanamh cinnteach gum bithear a' conaltradh ris an earrainn fearann choimhearsnachd.
- Dhaingnich an Neach-gairm gu bheil Donaidh Ross air a dhreuchd fhàgail gu foirmeil agus chaidh dà artaigil pàipear-naidheachd ma dheidhinn a chur air a' bhòrd. Mhìnich an t-Àrd-Oifigear gu bheil am Ministear a' dol a sgrìobhadh gu Mgr Ross agus nach bu chòir don Choimisean beachd a thoirt seachad gu poblach gu às dèidh sin tachairt. Tha an Roinn Urrasachd a' coimhead ri ullachaidhean mu choinneamh neach eile agus feuchar ri crìoch a chur air an ullachadh cho luath 's a ghabhas. Tha iad a' sgrùdadh nì laghail le oifis nam Fastaidhean Poblach, a dh'fheumas aonta a chur ris an neach a thèid fhasadh.

Co-dhùnadh	Tha an Coimisean ri prògram a leasachadh gus tuigse do chùisean planaidh is croitearachd a mheudachadh an taobh a-staigh Ùghdarrasan Planaidh.
-------------------	---

5 PÀIPEARAN AIRSON DEARBHADH

Mhìnich an Neach-gairm gum feumadh co-dhùnadh air a' Phàipear a chuireadh gu Coimiseanairean air post-d le deitichean san amharc airson coinneamhan 2014, a chur dheth gu Samhain on nach robh clàr-ama geamhraidh Cal Mac ri fhaotainn fhathast.

6 CROITEAN FALAMH – A’ GABHAIL A-STEACH POILEASaidH AIR LEIGEIL PÀIRT CHROITEAN AIR MÀL

Sholaraidh Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan cùl-fhiosrachaidh mun chùis air a gheàrr-iomradh sa Phàipear, a’ tarraing gu h-àraid air a’ bheachd nach biodh an Coimisean airson toinntean a chur ann an suidheachaidhean air an robh feum air fuasgladh agus gum biodh iad airson briseadh suas chroitean a sheachnadh ann an co-rèir ri rùintean Achd 2010.

Bha an Neach-gairm airson a bhith soilleir gun robh am Pàipear a’ dèiligeadh le suidheachaidhean ùra agus nach robh e ais-sheallach. Ann am freagairt cheistean a thaobh suidheachaidhean eachdraidheil, far a bheil croitean a-nis ann an da-riribh falamh ach le taighean is liosan orra agus cuid aca nach eil air an di-chroiteadh, mhol an Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan gur e cùis mhòr a tha seo agus cùis ris am bu chòir an STWG a’ lèirmheas Poileasaidh is Modhan coimhead. Chaidh seo aontachadh.

Chaidh aontachadh gur e cùis glè thoinnte a tha seo, gu h-àraid nuair a tha ioma-shealbhadair an sàs agus gum feum luchd-obrach a bhith mothachail do na cùisean sin agus siostam a leasachadh airson dèiligeadh leotha agus gu bheil Pàipear Bùird eile a dhith.

Dh’aontaich an Coimisean ris na Molaidhean anns a’ Phàipear ach dh’iarr iad gum biodh am briathrachas air ath-sgrìobhadh gus dèanamh cinnteach nach eil e dà-sheaghach agus gum bi earrann bhon Phlana Poileasaidh air a chur a-steach ann, gus am bi e soilleir gum faodar toinns a chleachdadh nuair a tha cùis làidir ga chur air adhart a sheasas mu choinneamh croit de mheud nas lugha na 1ha le roinn ann an ionaltradh choitcheann no 3ha às aonais roinn.

Co-dhùnadh	<p>Dh’aontaich an Coimisean ris na molaidhean anns a’ Phàipear leis a’ chumha gum bi am briathrachas, mar Aithris Poileasaidh, air ath-sgrùdadh gus cothrom air a bhith dà-sheaghach a sheachnadh agus earrann bhon Phlana Poileasaidh a chur a-steach ann a’ còmhach ùghdarras a’ Choimisein.</p> <p>Chaidh aontachadh gum bi a’ chùis thoinnte a thaobh suidheachaidhean eachdraidheil, a tha a-nis air toradh ann an croitean a bhith falamh, air iomradh gu an STWG a tha a’ lèirmheas Poileasaidhean is Modhan agus na dhèidh sin Pàipear ullachadh don Bhòrd.</p>
-------------------	---

7 SLATAN-TOMHAIS LEIGEIL AIR MÀL – CROITEAN FALAMH

Thug Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan thar-shealladh air an t-suidheachadh làithreach, a’ mìneachadh gu bheil am Pàipear a’ nochdadh frèam airson taghadh luchd-gabhail stèidhichte air a’ phrionnsapal gum feum leigeil air màl a bhith cothromach agus soilleir. Chaidh a mhìneachadh ged a bha duilleagan sgòraidh na lùib mar eisimpleirean, dh’fhaodadh gum bi an Coimisean airson barrachd cuideam a chur air feartan sònraichte dheth leithid daoine ùra ag inntrigeadh croitearachd. Bhiodh am pròiseas a dheigheadh a chleachdadh umhail do riatanasan Saorsa Fiosrachaidh.

Rinn an Coimisean deasbad air diofar eisimpleirean a’ beachdachadh air mar a dh’ fheumaist ùghdarras a chleachdadh aig àm sgrùdaidh air tagraidhean, gu h-àraid mu thimcheall chùisean leithid teisteanasan mu choinneamh eòlais, ag aontachadh mar bhuidheann poblach gun robh pròiseas fhosgailte a dhith.

Nochd an Coimisean teagamhan mun chùis co-cheangailte ri sgòradh thagraichean agus bha iad airson eisimpleirean de mhodhan-obrach fhaicinn a bha buidhnean eile a' cleachdadh, leithid NTS agus am pròiseas sìolaidh a bha Ministearan na h-Alba a' cleachdadh. Chaidh aontachadh gum bu chòir Slatan-tomhais Ion-mhìannaichte is Deatamach an leasachadh agus le moladh bhon Àrd-Oifigear chaidh aontachadh gum biodh STWG eile air a chur air bhonn gus beachdachadh air an seo. Chaidh aontachadh gum bu chòir am buidheann seo tòiseachadh bho na Builean a bhathar ag iarraidh agus obrachadh air ais bhon phuing sin, a' leasachadh Shlatan-tomhais Ion-mhìannaichte is Deatamach agus a' beachdachadh bhon sin air a' cheist a thaobh cudromachd.

Dh'aontaich Sandaidh Cross, Siùsaidh Walker agus Cailean Ceanadach suidhe air a' bhuidheann seo agus an obair a choileanadh air post-d. Chaidh aontachadh gum biodh eisimpleirean de mhodhan-obrach a bha uachdarain coimhearsnachd a' cleachdadh a chur air adhart thuca airson beachdachadh orra.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean STWG ùr a stèidheachadh gus beachdachadh air Slatan-tomhais Ion-mhìannaichte is Deatamach airson taghadh thagraichean gu gabhaltas, agus dh'iarradh eisimpleirean de mhodhan-obrach fhaicinn a bha buidhnean eile a' cleachdadh agus am pròiseas sìolaidh air a chleachdadh le Ministearan na h-Alba.
-------------------	---

8 CLÀRADH CHROITEAN

Mhìnich an Ceannard IS an co-theacs airson a' Phàipeir agus dh'innis e don Choimisean gu bheil an Ceannard Riaghlaidh a' stiùireadh buidheann a tha a' coimhead ris na seaghan an lùib phròiseasan riaghlaidh.

Tha draghan ann mu chosgais clàraidh is sanasachd, nach eil an taobh a-staigh ùghdarras a' Choimisean atharrachadh, duilgheadasan air adhbhrachadh le ioma-shealbhadair, cho beag fiosrachaidh 's a tha aig croitearan a thaobh na croit aca agus an inbhe mhapaichean a thathar a' solarachadh.

Chan eil ach naoi tagraidhean soirbheachail air an giullachd gu ruige seo ach feumaidh sinn planadh air bunait na thachras às dèidh 30 Samhain nuair a ruigear puing chudromach. Chaidh a dhaingneachadh gu bheil, tha cìs ri phàigheadh aig gach puing chudromach agus ged a tha Clàran na h-Alba a' faighinn na cìse tha dleastanas a' Choimisein ri chrìochnachadh gun ghoireasan sam bith a bharrachd.

Chaidh a dhaingneachadh gu bheil, a thaobh sanasachd, na h-aon riaghailtean gan cleachdadh 's a tha do chùisean riaghlaidh, 's e sin, feumaidh an t-sanas nochdadh ann am pàipear-naidheachd a tha a' cuairteachadh san sgìre ionadail. Chaidh aontachadh gun cuirear liosta de na pàipearan-naidheachd iomchaidh chun a' Choimisein.

Mhìnich Ceannard IS mun t-seòrsa mapa a tha a dhìth agus gum b' e seo a' chùis a bu mhotha gu ruige seo ach gur dòcha gun socraicheadh e sìos. Dhearbh an t-Àrd-Oifigear gun robh na Ministearan soilleir nan co-dhùnadh gum bu chòir an Clàr a bhith air a chumail le RoS agus nach ann leis a' Choimisean.

Ged nach eil e comasach fios a bhith air a' bhuidheann a bhios air an obair riaghlaidh againn bho 1 Dùbhlachd, feumar planadh airson roghainnean. Dh'aontaich an Coimisean ris a' Mholadh sa Phàipear agus dh'iarradh leasachadh air pàipear roghainnean.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gum bi pàipear roghainnean air a leasachadh a bhios a' beachdachadh air a' bhuidheann a dh'fhaodadh a bhith air goireasan mar thoradh air clàradh èigneachail.
-------------------	--

9 PRÒTACAL AIRSON DÈILIGEADH LE TAGRAIDHEAN RIAGHLAIDH BHO LUCHD-OBACH NO COIMISEANAIREAN

Dh'fhoillsich Cailean Ceanadach com-pàirt agus dh'fhàg e an seòmar.

Chuir an Ceannard Riaghlaidh am Pàipear an aithne agus mhìnich gur e an t-adhbhar air a shon aontachadh air pròtacal airson dèiligeadh le tagraichean riaghlaidh bho Choimiseanairean agus luchd-obrach. Feumaidh an Coimisean a bhith air fhaicinn gun lethbhreith agus gun chlaon-bhàigh agus feumaidh am poball a bhith a' faicinn nach eil suidheachadh sochairichte sam bith air a chleachdadh.

Chaidh aontachadh gum bu chòir a leithid sin de thagraidhean a thighinn chun a' Bhùird slàn airson co-dhùnadh. Chaidh aontachadh cuideachd gum bu chòir an co-dhùnadh a dhèanamh aig coinneamh Bùird seach air post-d, agus ann an dèiligeadh le cùisean bho Choimiseanairean agus buill den Àrd-Sgioba Stiùiridh, gum bu chòir iad sin a bhith nan coinneamhan poblach ach far am bi luchd-obrach eile an sàs dh'fhaodadh a' choinneamh Bùird a bhith Dùinte. Bidh an t-Àrd-Oifigear a' deasbad seo leis na h-aonaidhean agus bidh briathrachas a' Phròtacal air a ghrinneachadh às dèidh sin.

Thàinig Cailean Ceanadach air ais don choinneamh.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean ris a' Mholadh sa Phàipear leis a' chumha nach bu chòir cùisean an co-dhùnadh air post-d agus gum bi cùisean SMT/Coimiseanair air an co-dhùnadh aig coinneamh Bùird phoblach agus cùisean luchd-obrach eile aig Seisean Dùinte, le umhlachd do dheasbad leis na h-aonaidhean.
-------------------	---

10 ACHD CHLÀRAN POBLACH

Chuir Ceannard IS am Pàipear an aithne, a' mìneachadh gu bheilear an dòchas gun urrainn dhuinn Plana Stiùiridh Chlàran a shoidhnigeadh dheth ron Mhàrt 2014, ach on nach eil dad mar sin ann gu làithreach bidh dùbhlain na lùib.

Ged a tha mòran den mhion-fhiosrachadh a tha a dhìth obrachail, bhathar an dòchas gum biodh Coimiseanair na lùib airson cuideachadh. Chuir Murchadh MacIllinnein e fhèin air adhart on bha e an sàs ann an leithid eile de shuidheachadh o chionn ghoirid.

Chaidh aontachadh gum bu chòir Stiùireadh Chlàran a bhith air a chur ris a' Chlàr Cunnairt còmhla ri Dìon Dàta.

A thaobh ghoireasan, mar a dhaingnich an t-Àrd-Oifigear bha an obair seo a' cur tuilleadh cuideam air goireasan luchd-obrach, mheòraich an Coimisean gur e nì a tha seo a tha a' tachairt a-rithist agus a-rithist le barrachd is barrachd chùisean ag iarraidh ùine luchd-obrach gus ceumannan a phlanadh 's a chur an gnìomh ga iarraidh bhon taobh a-muigh, a thuilleadh air nithean a tha riatanach bhon Achd. Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gu bheil i glè mhothachail don seo agus tha i air a bhith ga dheasbad leis an Roinn Urrasachd. Bha àireamh de nithean ann fhathast air nach robh cinnt ach chumadh i an còmhradh seo a' dol leotha.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean ris a' Mholadh sa Phàipear le Murchadh MacIllinnein ga chur fhèin air adhart do bhuidheann pròiseict gus Plana Stiùiridh Chlàran a leasachadh.
-------------------	--

11 BUIDHNEAN OBRACH GEÀRR-ÙINE

Thug an t-Àrd-Oifigear cunntas às ùr air na rèiteachaidhean airson nan taisbeanaidhean air obair nam buidhnean STWG, a tha ri tachairt air 1 Dàmhair 2013. Bheir stiùir gach buidheann seachad taisbeanadh do na Coimiseanairean le molaidhean a bhios air an deasbad air an latha, a' sùileadh an dearbhadh aig a' choinneamh Bùird san t-Samhain.

Bidh lethbhric de na pàipearan agus na taisbeanaidhean air an cur a-mach gus am faic Coimiseanairean nach bi an Làthair iad. Bidh an Neach-gairm sa Chathair aig an tachartas agus bidh an t-Àrd-Oifigear a' cuideachadh. Tha a' mhòr-chuid den luchd-obrach air a ràdh gu bheil iad airson a bhith an làthair.

Bhon tha a leithid de dh'obair ann am buidheann Poileasaidh is Modhan-obrach, bha deasbad ann air an dòigh as fheàrr air na pàipearan co-cheangailte uile a chuirteachadh. Chaidh aontachadh gum bu chòir roghainn a thoirt do na Coimiseanairean a thaobh seata slàn de phàipearan a chlà-bhualadh 's a chur a-mach air neo an ruigsinn air post-d no tron eadar-lìon.

Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gum bi na buidhnean nach eil air tòiseachadh fhathast a' tòiseachadh air an obair aon uair 's gu bheil cuid de na buidhnean eile air crìochnachadh.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean co-dhùnadh air pàipearan bhon bhuidheann Poileasaidh is Modhan-obrach fhaighinn air post-d, eadra-lìon no pàipear. NB – às dèidh na coinneimh, chaidh aontachadh gum biodh e na b' fheàrr nam faigheadh na Coimiseanairean uile lethbhric air pàipear.
-------------------	--

12 CEANN-LATHA NA H-ATH CHOINNEIMH

Bidh an ath choinneamh a' gabhail àite air 6 Samhain 2013 ann an Sròn an t-Sìthein.

13 GSBE

i. Coinneamhan Obair-chùisean

Chaidh aontachadh gu bheil leasachaidhean a dhìth ann am planadh agus eagrachadh choinneamhan Obair-chùisean agus gum bu chòir an t-Àrd-Oifigear agus am Manaidsear Gnothachais siostam nas èifeachdaiche a leasachadh, gus am bi barrachd planaigh ann ro-làimh. Bidh seo na chuideachadh do luchd-obrach agus do Choimiseanairean. Chaidh diofar mholaidhean a chur air adhart agus chaidh aontachadh beachdachadh orra sin agus aithris air ais.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gum bi an t-Àrd-Oifigear agus am Manaidsear Gnothachais ann an co-chomhairle leis an Neach-gairm, a' leasachadh dhòighean ùra airson coinneamhan Obair-chùisean agus bheirear am pròtacal ùr seo a-steach cho luath 's a ghabhas.
-------------------	---

ii. Pàrtaidhean le Ùidh

Chaidh beachdachadh air an seo aig STWG air 10 Sultain agus a thoirt gun Choimisean airson co-dhùnadh. Tha 3 cùisean ann:

1. Cùisean earrann 58A far a bheilear a' faighinn gearan bho neach-earrannan ann an ionaltradh choitcheann (ball den choimhearsnachd croitearachd) ach nach eil às a' bhaile co-cheangailte ris an tagradh. Thathar a' moladh gum beachdaichear air a' ghearan seo. Chaidh seo aontachadh.
2. Chaidh briathrachas an Ionnsramaid Tiomnaidh ath-sgrìobhadh san Lùnastal gus an solar a leudachadh gu bhith a' beachdachadh air gearanan fadalach mu gach seòrsa de thagraidh, agus gun a bhith cuingealaichte gu na tagraidhean sin air an giullachd 's air an dearbhadh fo Earrann 58A. Dh'èirich ceist eile a thaobh am bu chòir an earrann anns an Ionnsramaid Tiomnaidh a' dèiligeadh le gearanan bho phàrtaidhean nach robh gu sònraichte a' nochdadh ùidh sa chùis a bhith air a leudachadh gus tagraidhean neo-Earrann 58A a ghabhail a-steach m.e. di-chroiteadh. Ach, on a tha solaran ath-thagraidh co-cheangailte ri di-chroiteadh soilleir mu cò as urrainn ath-thagraidh a dhèanamh gun iomradh air neach sam bith eile aig a bheil ùidh sa chùis, chaidh aontachadh nach biodh e iomchaidh an t-Ionnsramaid Tiomnaidh atharrachadh gus iomradh a thoirt air cùisean neo-Earrann 58A.
3. Litrichean Taic – rinn an Coimisean deasbad air a' chùis am bu chòir gabhail ri litrichean taic ann an cùisean, a thuilleadh air gearanan bho phàrtaidhean le ùidh.

Bha deasbad farsaing ann a' gabhail a-steach na bha san Achd, an suidheachadh aig Èisteachdan agus gum feum an Coimisean fo Earrann 58A 7(c), (d), (e) a bhith mothachail do dh'ùidhean na coimhearsnachd croitearachd ann an nàbaidheachd an Fhearainn sin, leasachadh seasmhach na coimhearsnachd croitearachd agus ùidh phoblach nas fharsainge.

Dh'iarr an t-Àrd-Oifigear air a' Choimisean beachdachadh air am faodaist gabhail ri litrichean taic mar chùis prionnsapail agus co-dhùnadh an uair sin de a' chudromachd a bheirteadh nao nach toirteadh do na litrichean a rèir an nàdair no am buntainneachd. Chaidh gabhail ris gum faodadh seo toradh ann an ath-thagraidh gu Cùirt an Fhearainn; ach, dh'fhaodadh diùltadh gabhail ri litrichean taic leantainn air adhart cuideachd gu ath-thagraidh gu Cùirt an Fhearainn. Bha a' mhòr-chuid de Choimiseanairean a' faireachdainn gun gabhadh e a shealltainn gun robh dleastanas air a' Choimisean agus a' cur an cèill le deagh bheus ann a bhith a' gabhail ris an fhiosrachadh fo Earrann 58A 7 (c), (d), (e).

Chaidh aontachadh nach robh feum air comhairle laghail.

Bha beachd eile aig Cailean Ceanadach ach bha e deònach cumail ris a' cho-dhùnadh a ràinig an Coimisean, agus b' e sin aontachadh ri gabhail ri litrichean taic bho bhuill den choimhearsnachd croitearachd, mar a tha mìnichte leis an Achd, far a bheil fiosrachadh buntainneach annta co-cheangailte ris a' chùis.

Co-dhùnadh	<p>Dh'aontaich an Coimisean gearanan dligheach a cheadachadh bho luchd-earrannan ann an ionaltradh, ach nach eil 's dòcha às a' bhaile co-cheangailte ris an tagradh.</p> <p>Dh'aontaich an Coimisean gabhail ri litrichean taic ann an cùisean far a bheil am fiosrachadh buntainneach agus a tha an litir bho bhall den choimhearsnachd croitearachd mar a tha seo air a mhìneachadh le Earrann 58A 7(c), (d), (e) de Achd na Croitearachd 2010.</p>
-------------------	--

iii. Machair LIFE + Co-labhairt

Thug an Neach-gairm cunntas às ùr air co-labhairt a bha i fhèin agus Coimiseanairean air a fhrithéaladh sna h-Eileanan an Iar, a bha air a liubhairt le com-pàirteachas de CNES, RSPB agus SNH, fo phrògram EU LIFE airson pròiseactan bith-iomadachd.

Chuir seo crìoch air gnothaich na coinneimh.

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN IONAD SUAINEIRT, ÀRD-SGOIL ÀIRD NAM MURCHAN, SRÒN AN t-SÌTHEIN, AIR 6 SAMHAIN 2013

An làthair:	Siùsaidh Walker	Neach-gairm
	Cailean Ceanadach	Iar Neach-gairm
	IG MacDhòmhnaill	Coimiseanair
	Caitlin Nic na Ceàrdaich	Coimiseanair
	Marina Dennis	Coimiseanair
	Murchadh MacIllinnein	Coimiseanair
	Sandaigh Cross	Coimiseanair
	Uilleam Swann	Coimiseanair
	Caitriona NicIlleEathain	Àrd-Oifigear
	Iain Bryce	Manaidsear Gnothachais
	Donna Nic a' Ghobhainn	Ceannard IS
	Gòrdan Dòmhnallach	Ceannard Ionmhais
	Iain Toal	Ceannard Poileasaidh is Dhleastanasan
	Eòsaph MacIlleChiar	Ceannard Riaghlaidh
	Mòrag Menzies	Cuidiche Pearsanta (PA) don Neach-gairm, Rianaiche Geàrr-chunntais
	Iain King	Clàraidhean na h-Alba
	Joyce Wilkinson	Ball den phoball. Measadair do sgìre Arasaig.

1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Fhuair eadh leisgeulan bho Arnie Pirie, Sine NicThòmais agus Artair Dòmhnallach.

Dh'fhosgail an Neach-gairm a' choinneamh le bhith ag ràdh gun robh e math a bhith ann an Sròn an t-Sìthein agus cho feumail 's a bha a' choinneamh leis na Measadairean 's na Clàrcan an oidhche roimhe sin.

Chuir an Neach-gairm fàilte air a' Choimiseanair ùr againn, Marina Dennis, chun a' chiad Choinneamh Bùird aice agus chaidh a dhèanamh cinnteach dhi gun robh na Coimiseanairean air fad ann airson a cuideachadh aig àm sam bith.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Dh'fhoillsich Murchadh MacIllinnein com-pàirt ann an Nì 9 air a' chlàr-gnothaich agus dh'fhoillsich Cailean Ceanadach com-pàirt ann an Nì 11 air a' chlàr-gnothaich.

3 AONTA DO DHREACH GEÀRR-CHUNNTAS A' BHÙIRD AIR 11 SULTAIN 2013

Chuireadh aonta ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 11 Sultain 2013 le ùmhlachd do na h-atharrachaidhean a leanas:

Duilleag	Nì	Paragraf	Teacs Atharraichte/A Bharrachd
2	4	Puing a h-aon	An àite 'a thaobh taic buidseit do choimhearsnachdan croitearachd' bu chòir dha a ràdh 'a thaobh rannsachadh maoinichte don tabhartas a tha a' tighinn bho chroitearachd'.

Thog an Coimiseanair Marina Dennis, air a' cheist mu thabhartasan taigheadais chroitearan air duilleag 2, nì 4, puing 8. Chomhairlich Murchadh MacIlinnein gun robh e mu dheidhinn dà chuspair: taic riaghaltais do thaigheadas chroitearan a bhith aig an ìre as isle an-dràsta agus maoineachadh don roinn phrìobhaidich le bancaichean, nach eil idir ann aig an àm seo.

Tha Mgr MacIlinnein air a bhith ann an còmhradh ri buidhnean eile agus bidh e a' deasbad leis an Àrd-Oifigear mar a bheirear seo air adhart.

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Thugadh sùil air ais air na Puingean Gnìomha bhon choinneamh mu dheireadh air 11 Sultain 2013:

- Thug an Neach-gairm fiosrachadh às ùr seachad air an tritheamh puing mu dheidhinn chùisean planaidh. Bha coinneamh fheumail air a bhith aice le oifigear planaidh ann an Arcaibh o chionn ghoirid, a bha glè dheimhinneach mu bheachdan a chuireadh fa chomhair m.e. cruthachadh chroitean ùra mar fhuasgladh air daoine òga fhaighinn an sàs ann am fearann agus taighean. Is e neach-comhairle reachdail a th' ann an Coimisean na Croitearachd anns a' phròiseas planaidh agus thathar a' moladh Àrd-choinneamh Planaidh a chur air bhonn anns am biodh an luchd-planaidh uile à sgìre na Gàidhealtachd 's nan Eilean an sàs, gus ceadachadh dhuinn a bhith fosgarra mu chùisean sam bith agus deasbad air mar a dhèiligeas le gnothaichean ann an dòigh nas fheàrr.

Bha deasbad ann a thaobh diofar chùisean anns a' phròiseas planaidh làithreach.

- Dh'fhaighnich an Neach-gairm an robh aithisgean againn a thaobh na h-Aithisg Bhliadhnail a bhuileachadh don Phàrlamaid. Dh'aingnich an t-Àrd-Oifigear gun deach an Aithisg Bhliadhnail air adhart ach nach cualar nì ma deidhinn gu ruige seo.
- Bha an Neach-gairm an dòchas gum faigh an Coimisean freagairt math a thaobh co-chomhairle an Dleistanais Aithris agus co-chomhairle nan Riaghailtean Ionaltraidh ùra agus an latha deireannach airson freagairtean air 22 Samhain 2013. Dh'fhaighnich i an robh neach sam bith air a bhith ann an tobha le comataidhean ionaltraidh airson am brosnachadh gu freagairt ron cheann-latha dheireannach.
- Tha coinneamh gu bhith aig an Neach-gairm, an t-Àrd-Oifigear agus Murchadh MacIlinnein an-diugh gus deasbad air a' chùis taigheadais a thoirt air adhart.
- Tha an Neach-gairm, Cailean Ceanadach, Sandaidh Cross agus Uilleam Mac a' Ghobhainn air a bhith ag obair air slatan-tomhais toirt-air-ghabhail agus tha iad gu bhith aig an ìre a dhol gu Coimiseanairean airson beachdan. Tha an Neach-gairm glè thoilichte leis an adhartas a chaidh a dhèanamh gu ruige seo.
- Chomhairlich an Neach-gairm gu bheil i glè thoilichte gu bheil am pròtacal airson dèiligeadh le iarrtasan riaghlaidh le luchd-obrach no Coimiseanairean na àite a-nis. Tha an Coimisean glè dhealasach mun chùis seo agus tha iad a' dèanamh cho-dhùnaidhean air dà iarrtas an-diugh.

- Thug Ceannard IS fiosrachadh às ùr air Achd nan Clàran Poblach. Tha i air coinneachadh ris an luchd-obrach uile o chionn ghoirid agus tha i a' dèanamh sgrùdadh fiosrachaidh air na freagairtean. Tha Ceannard IS agus Murachadh MacIllinnein a' dol gu co-labhairt air 'Àrd-Neach-Clàraidh agus Gleidheadair Chlàran na h-Alba' ann an Glaschu air 3 Dùbhlachd 2013 gus deasbad air Plana Stiùiridh Chlàran. Bidh iad a' beachdachadh air farsaingeachd agus bheir iad seachad fiosrachadh ma dheidhinn aig a' Choinneamh Bùird san Dùbhlachd agus an uair sin bheir iad Pàipear chun na Coinneimh Bùird sa Ghearran.
- Chomhairlich an Neach-gairm nach robh coinneamh Buidheann Thagraidhean Cùirt an Fhearainn ann an Alba air a cumail fhathast a chionn 's gun robh e doirbh ceann-latha a lorg a bhiodh freagarrach do gach neach. Dh'fhaighnich an Neach-gairm an gabhadh an t-inneal 'doodle' air-loidhne a chleachdadh gus faighinn a-mach cuin a bhiodh gach neach saor. Bidh Ceannard IS a' coimhead ris an seo.
- Tha am buidheann Geo-Pileat fhathast ri coinneachadh. Mhol an Neach-gairm gum bu chòir a' choinneamh seo a bhith air a cumail san Eilean Sgitheanach oir bidh an Neach-gairm, IG MacDhòmhnaill agus Uilleam Swann na lùib. Dh'fhaodadh gum bi an t-Àrd-Oifigear an làthair aig a' choinneamh seo cuideachd.
- Tha clàr-seirbheis do Choimiseanairean airson a bhith a' frithealadh Choinneamhan Lèirmheas Obair-chùisean air tòiseachadh leis an rùn gum bi na Coimiseanairean uile a' frithealadh na h-aon àireimh de Choinneamhan Obair-cùise ann am bliadhna. Bidh e air a làimhseachadh ann an dòigh 's gum bi measgachadh de Choimiseanairean aig gach coinneamh gus an tig an t-àm a bhios an t-sùim cheudna de dh'eòlas aig gach neach.

5a CINN-LATHA CHOINNEAMHAN BÙIRD AIRSON 2014

Chaidh na cinn-latha a leanas aontachadh airson Coinneamhan Bùird ann an 2014:

PÀIPEARAN BÙIRD RIM POSTADH RO (2014)	CINN-LATHA CHOINNEAMHAN BÙIRD 2014
Dimàirt 4 Gearran 2014	Diciadain 12 Gearran 2014
Dimàirt 18 Màrt 2014	Diciadain 26 Màrt 2014
Dimàirt 6 Cèitean 2014	Diciadain 14 Cèitean 2014
Dimàirt 17 Ògmhios 2014	Diciadain 25 Ògmhios 2014
Dimàirt 29 Iuchair 2014	Diciadain 6 Lùnastal 2014
Dimàirt 9 Sultain 2014	Diciadain 17 Sultain 2014
Dimàirt 28 Dàmhair 2014	Diciadain 5 Samhain 2014
Dimàirt 2 Dùbhlachd 2014	Diciadain 10 Dùbhlachd 2014

Chomhairlich Uilleam Swann, Coimiseanair, nach biodh e comasach dha coinneamh an Ògmhios 2014 a fhrithealadh.

Chaidh deasbad air càite agus cuin a bhiodh coinneamh aig a' Bhòrd taobh a-muigh na h-oifis ann an 2014. Chaidh aontachadh gum biodh coinneamh na Sultaine 2014 air a cumail ann an Sealtainn.

Co-dhùnadh	Chaidh aonta a chur ris na cinn-latha airson Coinneamhan Bùird na h-ath bhliadhna agus chaidh aontachadh gum biodh coinneamh na Sultaine 2014 air a cumail ann an Sealtainn.
-------------------	---

5b ADHBHAR AIRSON GEARAN FADALACH – 5B FEARANN AN LEAGHA

Co-dhùnadh	Cha deach gabhail ris an adhbhar airson a' ghearain fhadalaich.
-------------------	--

5c TAISBEANAIDHEAN STWG – Geàrr-chunntas bhon Choinneamh air 1 Dàmhair 2013.

Thugadh fa-near an geàrr-chunntas agus chaidh aonta ris. Chaidh moladh, on a bha a' choinneamh seo cho feumail gum biodh e math coinneamh eile a chumail an ceann 6 mìosan. Chaidh seo aontachadh.

Co-dhùnadh	Thugadh fa-near an geàrr-chunntas agus chaidh aonta a chur ris. Chaidh moladh, on a bha a' choinneamh seo cho feumail gum biodh e math coinneamh eile a chumail an ceann 6 mìosan. Chaidh aontachadh ri seo.
-------------------	---

6 AITHISG SGRÙDAIDH

Thug an Coimiseanair Sandaidh Cross seachad fiosrachadh às ùr air obair a' Chomataidh Ionmhais is Sgrùdaidh a choinnich air 5 Samhain 2013. Chòmhdaich iad diofar phuingean a thàinig bho in-sgrùdairean agus sgrùdairean bhon taobh a-muigh, agus chaidh gabhail riutha. Chaidh iad thairis air àireamh de ghnàth-sgrìobhainnean a thaobh riaghlaidh agus smachd, a' gabhail a-steach an sgeama tiomnaidh ionmhasail. Rinn iad deasbad air cumhachan iomraidh na comataidh a tha air an lèirmheas agus air an ùrachadh, agus tha iad a' dol a mholadh cur beag ri pròiseas nan nithean a bhithear a' cuairteachadh air post-d.

Bidh stiùireadh air modhan coitcheann an aghaidh foill agus brathaidh a thathar a' moladh gabhail riutha, air an cur gun Choimisean. Thèid na pàipearan sin a chur a-mach an taobh a-staigh 10 latha le ceann-latha air a chomharrachadh airson bheachdan.

Chaidh deasbad air solar IT co-roinnte agus bathar airson làimhseachaidh ionmhais co-cheangailte ri roile-pàighidh. Bidh an t-Àrd-Oifigear agus an Ceannard Ionmhais a' deasbad air na cosgaisean bliadhnaile le SNH. Bheir seo beachd soilleir don Choimisean air na tha iad a' pàigheadh gach bliadhna. Tha an t-Àrd-Oifigear a' dol a dheasbad cùl-taic agus ath-bheothachadh bho èiginn le SNH agus bithear a' moladh gabhail ri poileasaidh eadar-amail airson stiùireadh cunnairt. Tha feum aig a' chlàr cunnairt air àireamh de dh'atharrachaidhean.

Thug an Ceannard Ionmhais thar-shealladh air na Cunntasan Stiùiridh. Is e an ro-aithris gu bheil an Coimisean ris a' bhuidseat. Tha caiteachas fon t-sùim shuidhichte anns na tuarastalan mar thoradh air àireamh de dhreuchdan a bhith gun an lìonadh. Tha cosgais shanasachd riaghlaidh air a dhol sìos agus tha caiteachas T&S air lùghdachadh. Tha na cosgaisean laghail a' taisbeanadh cus cosgais. Tha an Coimisean a' moladh uidheam IT agus uidheam sganaidh a bharrachd a cheannach sa bhliadhna ionmhasail seo.

Tha an Coimisean air ùghdarrachadh fhaighinn bhon Roinn Urrasachd gus ar tar-chosg laghail agus IT a chur mu choinneamh ar caitheamh fon t-sùim shuidhichte a thaobh tuarastalan.

Dh'aithris an t-Àrd-Oifigear, mar thoradh air atharrachadh anns an shgioba-obrach, gu bheil a-nis ball den luchd-obrach ann aig a bheil comas air a' mhòr-chuid den t-siostam IT a leasachadh a-staigh agus sàbhailidh sin dhuinn eadar £350,000 agus £500,000 thar 3 bliadhna. Thathar an dòchas gum bi a' chiad phàirt den obair seo dèante ron Chèitean 2014.

Tha an Neach-gairm, an t-Àrd-Oifigear, Murchadh MacIllinnein agus Eòsaph MacIlleChiar air comataidh gus deasbad air solarachadh comhairle laghail agus sgrùdadh a dhèanamh air na bheir an luach airgid as fheàrr don Choimisean. Bheirear Pàipear gun Choinneamh Bùird sa Ghearran a thaobh seo.

Tha an t-Àrd-Oifigear agus an Ceannard Ionmhais ag obair còmhla air modaladh bunasach a thaobh buidseat.

Chomhairlich an Neach-gairm gum bi an t-Àrd-Oifigear fo ùghdarras tiomnaichte an Àrd-Oifigeir, a' frithealadh pannal a tha a' dèiligeadh le co-dhùnaidhean iomlaid-ionmhais, air a fhrithealadh cuideachd leis an Neach-gairm, Cailean Ceanadach, Murchadh MacIllinnein, Coimiseanairean nach eil a' com-pàirteachadh ann an Comataidh an Ionmhais is Sgrùdaidh.

Dh'aithris Sandaidh Cross gu bheil dìth follaiseachd air a bhith ann a thaobh cosgaisean sealbh-ghlacadh Taigh a' Ghlinne Mhòir agus tha an Coimisean air a bhith a' feuchainn ri figear nas cinntiche fhaotainn gus am bi fios dè an sùim a bhithear a' pàigheadh do SNH bho bhliadhna gu bliadhna. Tha an Coimisean air a bhith a' sireadh stiùiridh bho Riaghaltas na h-Alba.

Chomhairlich Murchadh MacIllinnein nach robh seasamh sam bith aig a' Choimisean a bh' ann anns a' ghluasad gu Taigh a' Ghlinne Mhòir. Chaidh innse dhaibh le Riaghaltas na h-Alba gun robh e a' tachairt.

Dh'iarr e cuideachd gum bi an Sgeama Tiomnaidh air a h-aithris gu foirmeil don Bhòrd ann am Pàipear agus dh'aontaich an t-Àrd-Oifigear gum biodh seo dèante.

Chaidh deasbad air cudromachd aithisgean Ionmhais a bhith cruinn ceart agus ag aithris an dearbh adhbhair airson caitheamh fon t-sùim shuidhichte, mar eisimpleir, is eile. Thugadh seo fa-near.

Thug an Neach-gairm taing do na Coimiseanairean air Comataidh an Ionmhais is Sgrùdaidh airson an obair.

7 MAPADH IONALTRaidh

Chuir an Neach-gairm fàilte air Iain King bho Chlàran na h-Alba agus dh'innis e gum biodh Ceannard IS a' taisbeanadh a' Phàipeir seo.

Dh'aontaich Riaghaltas na h-Alba ri maoinachadh de £100,000 gach bliadhna airson 4 bliadhna bhon Ghiblean 2012 airson a' chiad chlàraidh den ionaltradh choitcheann. Tha an Achd ag àithneadh gum feum an Coimisean conaltradh le uachdarain agus comataidhean ionaltraidh far a bheil comataidh, agus far nach eil comataidh feumaidh an Coimisean comhairleachadh le luchd-earrannan agus uachdarain. Tha an Coimisean gu làithreach a' cuimseachadh air ionaltraidhean riaghlachta agus gu ruige seo tha iad air a bhith a' conaltradh ri 168 ionaltraidhean coitcheann. Tha an Coimisean a' cur a-mach mapa agus pasgan a tha air ullachadh airson dearbhadh

agus ag iarraidh gun tèid a thilleadh an taobh a-staigh 8 seachdainean. Mura faighear freagairt, tha litir a' dol a-mach ag innse gun ceadaich an Coimisean 3 seachdainean eile agus mura faighear freagairt an uair sin gabhaidh an Coimisean air adhart a' clàradh an ionaltraidh choitcheann. Gu ruige seo, chan eil am pròiseas seo crìochnaichte.

Aig an ìre seo, tha 31 ionaltraidhean coitcheann clàraichte agus tha a' mhòr-chuid dhiubh sin san Eilean Sgitheanach.

Tha diofar adhbharan ann a thaobh dìth adhartais:

- Dìth conaltraidh bho luchd-earrannan
- Mòran iarrtasan airson sìneadh air a' chlàradh
- Mapaichean a' dol air ais 's air adhart eadar diofar phàrtaidhean
 - Air sgàth fad ùine, dh'fhaodadh gun deach iarrtasan riaghlaidh air a dhol troimhe a tha ag adhbhrachadh tuilleadh atharrachaidhean.

Bu mhath leis a' Mhinistear barrachd ionaltraidhean coitcheann fhaicinn air an clàradh.

Chaidh deasbad air na diofar roghainnean.

Dh'fhàg Murchadh MacIllinnein an seòmar aig 10.45m.

Tha mòran den dàil air adhbhrachadh leis na h-uachdarain. Feuchaidh Sandaidh Cross ri faighinn a-mach dè na duilgheadasan a th' ann agus nì e oidhirp air fuasgladh fhaighinn orra.

Mhol Marina Dennis gum bu chòir an Coimisean labhairt ri riochdairean bhon SRBPA agus dh'aontaich Sandaidh Cross sin a dhèanamh.

Tha an Coimisean glè mheasail air adhartas fhaicinn a thaobh clàradh ionaltraidhean coitcheann agus thathar air aontachadh na leanas a dhèanamh:

- A thaobh tagraidhean a th' ann aig an àm seo far a bheil an Coimisean air freagairt air choreigin fhaighinn, ceadaichear 8 seachdainean airson freagairt, agus mura bi freagairt ann an uair sin cuiridh an Coimisean a-mach litir cuimhneachaidh tron t-seirbheis libhrigidh chlàraichte a' comhairleachadh gum bi 4 seachdainean eile ceadaichte ach a-mhàin ma tha adhbhar math air a sholarachadh airson na dàlach. Mura cluinn an Coimisean dad an dèidh 4 seachdainean, bidh an t-ionaltradh coitcheann air a chlàradh.
- Le tagraidhean a th' ann gu làithreach far nach d' fhuair freagairt sam bith, ceadaichidh an Coimisean 8 seachdainean airson freagairt agus mura h-eil freagairt air a thighinn an uair sin bidh litir cuimhneachaidh air a cur a-mach tron t-seirbheis libhrigidh chlàraichte a' comhairleachadh gun ceadaichear 4 seachdainean eile airson freagairt, a' togail gu h-àraid air na buannachdan ann am freagairt agus na h-anacothroman an lùib gun a bhith freagairt, ma tha adhbhar math air a sholarachadh airson na dàlach. Mura cluinn an Coimisean dad às dèidh sin, thèid an tagradh a tharraing às agus a chur aig deireadh na sreatha.
- Sgrìobhaidh an Coimisean gu gach ionaltradh coitcheann a tha riaghlachd a' toirt cuireadh dhaibh a bhith clàraichte, a' togail air na buannachdan an lùib clàraidh agus a bhith a' conaltradh le an uachdarain aig ìre thràth, agus an uair sin dèiligeadh an ceann sreath leis an fheadhainn a tha deònach a bhith clàraichte.
- Dh'aontaich an Coimisean iomairt mheadhanan a leasachadh gus conaltradh le comataidhean ionaltraidh, coimhearsnachdan croitearachd agus uachdarain gus dèanamh cinnteach gu bheil iad mothachail don atharrachadh

sna modhan-obrach a bhios air an gabhail os làimh agus na buannachdan san amharc dhaibh.

Co-dhùnadh	<ul style="list-style-type: none">• A thaobh tagraidhean a th' ann aig an àm seo far a bheil an Coimisean air freagairt air choreigin fhaighinn, ceadaichear 8 seachdainean airson freagairt, agus mura bi freagairt ann an uair sin cuiridh an Coimisean a-mach litir cuimhneachaidh tron t-seirbheis lìbhrigidh chlàraichte a' comhairleachadh gum bi 4 seachdainean eile ceadaichte ach a-mhàin ma tha adhbhar math air a sholarachadh airson na dàlach. Mura cluinn an Coimisean dad an dèidh 4 seachdainean, bidh an t-ionaltradh coitcheann air a chlàradh.• Le tagraidhean a th' ann gu làithreach far nach d' fhuair freagairt sam bith, ceadaicidh an Coimisean 8 seachdainean airson freagairt agus mura h-eil freagairt air a thighinn an uair sin bidh litir cuimhneachaidh air a cur a-mach tron t-seirbheis lìbhrigidh chlàraichte a' comhairleachadh gun ceadaichear 4 seachdainean eile airson freagairt, a' togail gu h-àraid air na buannachdan ann am freagairt agus na h-anacothroman an lùib gun a bhith freagairt, ma tha adhbhar math air a sholarachadh airson na dàlach. Mura cluinn an Coimisean dad às dèidh sin, thèid an tagradh a tharraing às agus a chur gu deireadh na sreatha.• Sgrìobhaidh an Coimisean gu gach ionaltradh coitcheann a tha riaghlaidhte a' toirt cuireadh dhaibh a bhith clàraichte, a' togail air na buannachdan an lùib clàraidh agus a bhith a' conaltradh le an uachdarain aig ìre thràth, agus an uair sin dèiligeadh an ceann sreath leis an fheadhainn a tha deònach a bhith clàraichte.• Dh'aontaich an Coimisean iomairt mheadhanan a leasachadh gus conaltradh le comataidhean ionaltraidh, coimhearsnachdan croitearachd agus uachdarain agus dèanamh cinnteach gu bheil iad mothachail don atharrachadh sna modhan-obrach a bhios an Coimisean a' gabhail os làimh agus na buannachdan san amharc dhaibh.
-------------------	--

8 TAGRADH CEAD A BHITH ÀS-LÀTHAIR

Thaisbein Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan am Pàipear seo, a tha a' dèiligeadh le tagradh bho Choimiseanair Murchadh MacIllinnein airson cead a bhith a' còmhnaidh gu h-àbhaisteach, seach an taobh a-staigh 32 cileameatair de a chroit aig 13 Sgarp.

Is e Mgr MacIllinnein a' phrìomh chroitear air an eilean. Tha a' chroit air a h-obrachadh airson làimhseachadh chaorach air bunait choitcheann. Chan eil dùil aige tilleadh a dh'fhuireach air a' chroit.

Tha gach croit eile air an eilean fo mhàl-shealbhaidh agus chan eil duine a' fuireach air an eilean.

An dèidh deasbaid, dh'aontaich an Coimisean aonta a chur ris an tagradh gun chumhachan sam bith, mar thoradh air gu bheil an tagradh a rèir poileasaidh Coimisean na Croitearachd air eileanan gun daoine, a tha a' ceadachadh air ath-bhreithneachadh bho àm gu àm, agus gus seasmhachd croitearachd a chumail suas air an eilean seo gu h-àraid.

Co-dhùnadh	An dèidh deasbaid, dh'aontaich an Coimisean aonta a chur ris an tagradh gun chumhachan sam bith, mar thoradh air gu bheil an tagradh a rèir poileasaidh Coimisean na Croitearachd air eileanan gun daoine, a tha a' ceadachadh air ath-bhreithneachadh bho àm gu àm, agus gus seasmhachd croitearachd a chumail suas air an eilean seo gu h-àraid.
-------------------	---

9 MEASADH COILEANADH BÒRD A' CHOIMISEIN

Thaisbein am Manaidsear Gnothachais am Pàipear seo.

On thàinig am Bòrd làithreach gu bith, chan eil siostam measaidh pongail air a bhith na àite airson thar-shealladh bliadhnail air coileanadh a sholarachadh, an dà chuid fa leth no cruinnichte. Leanaidh an siostam measaidh a tha air a mholadh cuairt bhliadhnail a bhios a' freagradh air frèam-obrach Riaghaltas na h-Alba 's air an t-Seirbheis Chatharra.

Thathar a' moladh am pròiseas measaidh a thòiseachadh an ath-bhliadhna. Bidh measadh eadar-amail ann agus measadh deireadh bliadhna.

Tha am poileasaidh a' moladh gabhail ri ath-bhreithneachadh 360-puing, a bheireadh cothrom do na Coimiseanairean fiosrachadh iarraidh air ais bhon luchd-obrach agus Coimiseanairean eile man deidhinn fhèin. Bhiodh am fiosrachadh seo dìomhair.

Chuir an Neach-gairm ceist a thaobh am faodadh Coimiseanairean air an taghadh a bhith air an cur an dreuchd Choimiseanairean air am fastadh aig deireadh na h-ùine aca nan dreuchd oifigeil.

Thuirt an t-Àrd-Oifigear gun robh i den bheachd, an dèidh deasbaidan neo-fhoirmeil leis an Roinn Urrasachd, gum faodadh Coimiseanairean a bhith air an ath-fastadh airson dàrna teirm.

Dh'aontaich i faighinn a-mach am biodh seo comasach ma bha coileanadh gach neach fa leth mar bu chòir agus gun robh daoine fa leth ga iarraidh, agus cuideachd am faodadh buill air an taghadh tagradh a bhith nam buill air am fastadh às dèidh na h-ùine taghaidh aca. Gheibh i a-mach cuideachd dè cho fada 's a bhiodh dàrna teirm.

Co-dhùnadh	Ghabh an Coimisean ris na molaidhean sa Phàipear.
-------------------	--

10 TAGRADH DI-CHROITIDH CHS IS GG

Dh'fhoillsich an Coimiseanair, Cailean Ceanadach com-pàirt agus dh'fhàg e an seòmar.

Thaisbein an Ceannard Riaghlaidh am Pàipear seo, mar thagradh di-chroitidh airson 0.122 ha co-cheangailte ri taigh croite agus fearann liosa a th' ann mar-thà, a chuireadh a-steach leis a' Choimiseanair Cailean Ceanadach airson beachdachadh air.

Chan eil dragh sam bith ann mu ruigsinneachd agus ma chuirear aonta ris an tagradh, bidh feum aige air dà Stiùiriche a thaobh 's nach e am pàirt a cheannaich Mgr Ceanadach am pàirt a tha air fheansadh, agus mar sin tha an raon a tha ri dhi-chroiteadh ann am pàirt-seilbhe agus ann am pàirt-màl-shealbaidh. Is e tagradh coileanta th' ann.

An dèidh deasbaid, dh'aontaich an Coimisean aonta a chur ris an tagradh mar thoradh air an tagradh a bhith dèante às leth pàirt den chroit anns nach eil ach làrach an taigh-còmhnaidh a th' ann mar-thà agus gu bheil farsaingeachd fearann an liosa iomchaidh airson tlachd reusanta fhaighinn às an taigh-còmhnaidh.

Chaidh aontachadh gum bu chòir a thoirt fa-near don tagraiche nach eil e gu tur 100% na neach-gabhail air a' chroit mar thoradh air gu bheil pìos fearainn a tha air a cheannach ach nach eil air a dhi-chroiteadh, tuath air làrach an taigh-còmhnaidh agus làrach an liosa.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean aonta a chur ris an tagradh mar thoradh air gu bheil an tagradh dèante às leth pàirt den chroit, anns nach eil ach làrach an taigh-còmhnaidh agus gu bheil farsaingeachd fearann an liosa iomchaidh airson tlachd reusanta fhaighinn às an taigh-còmhnaidh. Chaidh aontachadh gum bu chòir a thoirt fa-near don tagraiche nach eil e gu tur 100% na neach-gabhail air a' chroit seo a thaobh 's gu bheil pìos fearainn ann a chaidh a cheannach agus nach eil air a dhi-chroiteadh, tuath air làrach an taigh croite agus làrach an liosa.
-------------------	--

Thill Cailean Ceanadach don t-seòmar aig 11.45m.

11 CLÀRADH IS CLÀRAN NA H-ALBA

Thug Iain King bho Chlàran na h-Alba seachad taisbeanadh air an obair aig Clàran na h-Alba agus leanadh sin le taisbeanadh bhon Cheannard Riaghlaidh, Eòsaph MacIlleChiar, air an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010: Clàr Croitean: A' Chiad Chlàradh air Croitean.

Thill Murchadh MacIllinnein don t-seòmar aig 12.15f.

12 CEANN-LATHA NA H-ATH CHOINNEIMH

11 Dùbhlachd 2013 – Taigh a' Ghlinne Mhòir

13 GNOTHAICH DEATAMACH SAM BITH

- Tha an Coimiseanair Arnie Pirie a' dol air fòrladh airson bliadhna bhon Fhaoilleach 2014. Rè na bliadhna sin, cosgaidh e ùine air trèanadh agus ionnsachadh nan sgilean uile a dh'fheumar airson a bhith ann an obair Coimiseanair.
- Bu mhath leis a' Choimiseanair, IG MacDhòmhnaill, gum beachdaicheadh an Coimisean air brath naidheachd a chur a-mach mu dheidhinn mar a dh'fhaodas croitearan san amharc ùidh a chlàradh ann am faotainn màl-shealbhadh.
- A' leantainn air an sin, dh'iarr an Neach-gairm nuair a chrìochnaicheas an Coimisean màl-shealbhadh gum bi fiosrachadh mun uachdaran air a dhèanamh fosgailte don phoball.
- Dh'fhaighnich an Coimiseanair Cailean Ceanadach am biodh e comasach do dhaoine an ùidh ann an croit a chlàradh dìreach chun na làraich-lìn againn. Thuir an Neach-gairm on is e cùis nas toinnte a bha seo gun tèid a thoirt gu Coinneamh Bùird eile.
- Chaidh deasbad air planadh agus draghan chroitearan mun dleastanas aig cuid de dh'oifisean sgìreil an SGRPID. Cha do dh'èirich draghan sam bith sna h-Eileanan an Iar. Dh'iarr an Neach-gairm air an Àrd-Oifigear smaoineachadh mun dòigh as fheàrr air seo a thoirt air adhart.
- Bha deasbad ann a thaobh Dìonachd Crùin agus a bheil an Coimisean àraichte airson co-dhùnaidhean sam bhith a ghabhaist. Chaidh aontachadh cho fada 's a tha co-dhùnaidhean stèidhichte air reachdas agus poileasaidh gu bheil an Coimisean an uair sin àraichte. Bidh an stiùireadh seo air a chuirteachadh gu Coimiseanairean a-rithist airson fiosrachaidh. Bheir an t-Àrd-Oifigear Pàipear chun a' Bhùird a thaobh seo.
- Thog an Coimiseanair Marina Dennis air nach eil còir ath-thagraidh sam bith ann an aghaidh co-dhùnaidhean CCAGS. Dh'aontaich an Neach-gairm seo a thoirt air adhart.
- Dh'iarr an Neach-gairm gun coimheadadh an Àrd-Sgioba Stiùiridh ris a' bheachd a thaobh an Ionnsramaid Tiomnaidh air Roinn atharrachadh, agus beachdachadh air am bu chòir na cùisean sin a dhol gu Coinneamh Ath-bhreithneachaidh Obair-cùise an toiseach. 'S e an t-adhbhar airson seo gu bheil coltas ann gu bheil Coimiseanairean leotha fhèin a' strì ri tighinn gu co-dhùnaidhean agus an uair sin chan eil tagraichean toilichte leis na co-dhùnaidhean a thathar a' dèanamh. Tha feum air poileasaidh nas soilleire. Dh'aontaich an t-Àrd-Oifigear Pàipear a thoirt chun a' Bhùird.
- Dh'iarr an Neach-gairm, nuair a tha neo-làthaireach ga sgrùdadh agus an uair sin gum faighear tagradh riaghlaidh, gum bu chòir a' chùis sin a dhol air ais gu Buidheann Ath-bhreithneachaidh Obair-cùise Dhleastanasan mus tigear gu co-dhùnadh air an tagradh riaghlaidh, seach an tagradh riaghlaidh a bhith air a cho-dhùnadh le aon Choimiseanair. Thuir an t-Àrd-Oifigear gum biodh i a' deasbad seo leis an Àrd-Sgioba Stiùiridh agus chuireadh i an co-dhùnadh air post-d gu Coimiseanairean.
- Dh'iarr an Neach-gairm air na bha an làthair smaoinicheadh air briathrachas eile seach ionaltradh riaghlaidhe agus neo-riaghlaidhe m.e.

ionaltradh coitcheann le comataidh agus ionaltradh coitcheann gun chomataidh.
'S e an t-adhbhar airson seo gu bheil daoine air a bhith a' nochdadh dragh gu
bheil neo-riaghlachd a' ciallachadh gum faod luchd-earrannan na thogras iad
fhèin a dhèanamh leis an ionaltradh choitcheann, agus tha sin a' togail ionnaidh.
Thuir an t-Àrd-Oifigear gum feuchamaid ri sin a dhèanamh.

Thug an Neach-gairm taing do gach neach a bha a' frithealadh na coinneimh agus gu h-àraid
dhaibhsan a bha air na Pàipearan ullachadh.

THA PÌOSAN FIOSRACHAIDH AIR AN TARRAING ÀS A' GHEÀRR-CHUNNTAS SEO. THA SEO DÈANTE MAR GHÈILLEADH DON ACHD DÌON DÀTA AGUS FAR A BHEIL COMHAIRLE AIR A SHOLARACHADH, A THA CÒMHDAICHTE LE SOCHAIR LAGHAIL

COIMISEAN NA CROITEARACHD

**GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN
ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 11 DÙBHLACHD 2013**

An làthair:	Siùsaidh Walker	Neach-gairm
	Cailean Ceanadach	Iar-Neach-gairm
	Arnie Pirie	Coimiseanair
	IG MacDhòmhnaill	Coimiseanair
	Caitlin Nic na Ceàrdaich	Coimiseanair
	Marina Dennis	Coimiseanair
	Murchadh MacIllinnein	Coimiseanair
	Sandaigh Cross	Coimiseanair
	Uilleam Swann	Coimiseanair
	Catriona NicIlleathain	Àrd-Oifigear
	Ian Bryce	Manaidsear Gnothachais
	Artair MacDhòmhnaill	Ceannard Riaghlaidh (sealach)
	Donna Nic a'	Ceannard IS
	Ghobhainn	
	Gòrdan Dòmhnallach	Ceannard Ionmhais
	Sìne NicThòmais	Ceannard Conaltraidh
	Iain Toal	Ceannard Poileasaidh & Dleastanasan
	Eòsaph MacIlleChiar	Ceannard Riaghlaidh & Sgioba Laghail
	Mòrag Menzies	Cuidiche don Neach-gairm, rùnaire gearr-chunntais
	Uilleam Mac a'	Ball luchd-obrach
	Ghobhainn	
	Ailean MacLeòid	BBC Alba

1 FÀILTE IS LEISGEULAN

Cha d' fhuair eadh leisgeulan sam bith. Thug an Neach-gairm taing do na Coimiseanairean agus don luchd-obrach airson a bhith ag obair cho cruaidh fad na bliadhna seo.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Dh'fhoillsich IG MacDhòmhnaill com-pàirt ann an nì 8 air a' chlàr-obrach.

3 AONTA DON DREACH GEÀRR-CHUNNTAS AIR 6 SAMHAIN 2013

Chaidh aonta a chur ri geàrr-chunntas na coinneimh air 6 Samhain 2013, le ùmhlachd do na h-atharrachaidhean a leanas:

Duilleag	Nì	Paragraf	Teacs Atharraichte / a Bharrachd
4	Aithisg Sgrùdaidh	1	Atharraich gu 'Bidh stiùireadh air modhan-obrach coitcheann a thaobh innse poblach agus an aghaidh foill, gam moladh airson gabhail riutha, air an cur gun Choimisean.'
4	Aithisg Sgrùdaidh	2, loidhne 5	Atharraich gu 'agus mol gun gabhar ri poileasaidh stiùireadh cunnairt eadar-amail.'
4	Aithisg Sgrùdaidh	4, loidhne 1	Atharraich gu 'mu choinneamh IT agus tar-chosg laghail'
8	Aithisg Sgrùdaidh	8, loidhne 2	Atharraich gu 'an t-Àrd-Oifigear a' frithealadh pannal a tha a' dèiligeadh le co-dhùnaidhean a thaobh iomlaid-ionmhais'
5	Mapadh Ionaltraidh	4, dàrna puing	Atharraich gu 'Ath-iarrtas leudachaidh'
9	AUB	5	Thoir às 'Bha an t-Àrd-Oifigear aig coinneamh o chionn ghoirid le luchd-obrach SGRPID' agus cuir na àite 'Is e an t-adhbhar airson seo, on a thog daoine gu bheil iad den bheachd gu bheil neo-riaghlachd a' ciallachadh gum faod luchd-earrannan dèanamh mar a thogras iad leis an ionaltradh choitcheann aca, agus tha sin na adhbhar dragh.'
8	AUB	5	An àite 'air a choileanadh le oifisean sgìreil SGRPID' cuir 'air a choileanadh ann an cuid de dh'oifisean sgìreil SGRPID. Cha tàinig draghan sam bith às na h-Eileanan Siar.'

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Chaidh na Puingean Gnìomha bhon choinneamh air 6 Samhain 2013 a lèirmheas:

- Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum bi seisean fios-air-ais bho bhuidheann Poileasaidh is Modhan-obrach STWG air 11 Gearran 2014, an latha ron ath Choinneamh Bùird.
- Chomhairlich Sandaidh Cross gu bheil e air a bhith a' còmhradh ri Fearann is Oighreachdan na h-Alba a thaobh uachdarain nach eil air freagairt don Choimisean a thaobh pròiseas clàraidh an ionaltraidh choitcheann. Dh'aontaich an Coimisean nach eil iad airson na h-uachdarain nach eil air freagairt ainmeachadh, ach tha iad airson teachdaireachd soilleir a chur thuca mu cho cudromach 's a tha e freagairt. Biathaidh Sandaidh an teachdaireachd seo air ais gu na h-uachdarain.
- Bha deasbad ann a thaobh cur an àite cathraiche a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais on tha Sandaidh Cross a' leigeil dheth a dhreuchd mar Choimiseanair bho dheireadh an Fhaoilich 2014 agus cha bhi e na chathraiche air a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais às dèidh sin. Dh'aontaich Uilleam Swann a bhith sa chathair airson nan coinneamhan air bunait eadar-amail agus dh'aontaich Murchadh MacIllinnein a bhith na Choimiseanair a bharrachd air a' Chomataidh air bunait eadar-amail, gus an tèid neach fhastadh an àite Sandaidh, agus faodaidh an Coimisean deasbad an uair sin cò thèid don chathair air bhunait maireannach.

- Tha an Neach-gairm agus an t-Àrd-Oifigear a' coinneachadh ri Roy McLachlainn bho SGRPID an ath sheachdain gus deasbad air draghan chroitearan a thaobh chùisean planaidh.
- Tha litrichean cuimhneachaidh mu chlàradh ionaltraidh coitcheann air an cur a-mach le ceann-latha de 6 Faoilleach 2014 airson freagairt air ais. Tha cuid de dh'ionaltraidhean ann an Sealtainn air aithris do Chaitlin Nic na Ceàrdaich gu bheil ag iarraidh dùblachadh air fiosrachadh bhuapa.

Co-dhùnadh	Caitlin Nic na Ceàrdaich agus Ceannard IS ri deasbad iarrtasan airson dùblachadh air fiosrachadh bho chomataidhean ionaltraidh.
-------------------	--

5 PÀIPEARAN DAINGNEACHAIDH

Chaidh aonta a chur ris na Pàipearan le ùmhlachd do na beachdan a leanas:

a) Fiosrachadh às ùr AFC

- a.1. Bha an t-Àrd-Oifigear airson innse gun d' fhuair i cead bhon Roinn Urrasachd airson an Neach-gairm gnàth-leisgeulan a thoirt do Choinneamhan a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais agus gum bi an iar-chathraiche a' stiùireadh nan coinneamhan.
- a.2. Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir 'Sgeama Tiomnaidh Ionmhasail' a ràdh gun tèid pàipearan a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais chun a' Bhùird.
- a.3. Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir tuilleadh soilleireachaidh a thoirt seachad a thaobh 'Gabhail ri Tairgsean' anns an Sgeama Tiomnaidh air duilleag 16.
- a.4. Bu mhath leis a' Choimisean ainm eile an àite '3C' anns a' chlàr a' nochdadh 'Ìre Ùghdarras'.
- a.5. Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir na facail 'ma tha an Coimisean air a shon' air duilleag 19 fon cheann 'Coinneamhan' a bhith air a thoirt às, oir tha a' chòir aig a' Cheannard In-Sgrùdaidh air Coinneamhan Sgrùdaidh is Ionmhais a fhrithleadh.
- a.6. Ghabh deasbad àite mu gheàrr-chunntas aontaichte a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais a bhith air an cur chun a' Bhùird a' leantainn air coinneamh an AFC, agus chaidh aontachadh gum bu chòir seo atharrachadh le 'no a' leantainn air aonta bho chuariteachadh air post-d', oir dh'fhaodadh gun toireadh e 3 mìosan an geàrr-chunntas a chur chun a' Bhùird.

b) Saorsa Crùin

- b.1. Ghabh deasbad àite mu dhraghan a thaobh Saorsa Crùin [REDACTED] agus chaidh aontachadh gum bi an t-Àrd-Oifigear a' sireadh soilleireachadh bhon Roinn Urrasachd air an abairt 'iad le pearsachan as aithne dhaibh' ann am freagairt na Roinne Urrasachd air 23 Lùnastal 2012 air duilleag 36, agus na facail 'ann an deagh earbsa'.
- b.2. Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir litir a sgrìobhadh gu Cùirt an Fhearainn gus nochdadh gu bheil co-dhùnaidhean sam bith air an dèanamh le Coimiseanairean fa leth, gu bheil iad às leth a' Choimisein, agus nach bu chòir an Coimiseanair a tha na lùib a bhith air ainmeachadh mar an neach a thàinig chun a' cho-dhùnaidh. Bidh an t-Àrd-Oifigear a' cumail ceangal ris a' Cheannard Riaghlaidh, an Neach-gairm agus Uilleam Swann agus a' cur litir ri chèile gu Cùirt an Fhearainn mun chùis seo.

b.3. Dh'aontaich an Coimisean gum feum iad coimhead ris a' Phlana Poileasaidh a-rithist agus nithean a chur a-steach a tha a dhìth air a' phlana. Thathar a' moladh gum bi Coinneamh Plana Poileasaidh a' gabhail àite mu àm Coinneamh Bùird a' Mhàirt 2014 agus bidh am Manaidsear Gnòthachais a' planadh seo.

c) Daingneachadh foirmeil air lomlaid-ionmhais – cha robh beachdan ann

d) Ionnsramaid Tiomnaidh

d.1. Bha còmhraidh ann mu dheidhinn Choimiseanairean air an taghadh 's air am fastadh agus chaidh aontachadh facail an Ionnsramaid Tiomnaidh atharrachadh, gus nochdadh na tha sgrìobhte san Achd. Tha a' mhòr-chuid rin taghadh mura h-urrainn a leithid sin de mhòr-chuid a chumail suas.

6 GEARAN BHO NEACH NACH EIL NA BHALL DEN CHOIMHEARSNACHD CROITEARACHD

Chuir an Ceannard Riaghlaidh am Pàipear seo air adhart. Fon Ionnsramaid Tiomnaidh, feumaidh an gearan seo tighinn chun a' Bhùird iomlan airson co-dhùnadh.

Chan e ball den choimhearsnachd croitearachd a th' anns an neach-gearain ach tha ùidh aca sa chroit. Dh'aontaich an Coimisean gum feumadh iad an litir gearain no am beachd air ùidh fhaicinn, mus urrainn iad tighinn gu co-dhùnadh. An dèidh deasbad, dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir an litir a dhol gun Choimiseanair bhuntainneach, nach urrainn beachdachadh air mar litir gearain oir chan eil an neach-gearain na bhall den choimhearsnachd croitearachd, agus gun tèid dèiligeadh leis mar ùidh.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir an litir a dhol gun Choimiseanair bhuntainneach, a bheir comhairle don neach-gearain nach urrainn dhaibh beachdachadh air mar litir gearain oir chan eil an neach-gearain na bhall den choimhearsnachd croitearachd, agus gun tèid dèiligeadh leis mar ùidh.
-------------------	---

7 IARRTAS SÒNRACHAIDH

Dh'fhoillsich IG MacDhòmhnail com-pàirt san tagradh seo agus dh'fhàg e an seòmar aig 10.50m.

Chuir Artair MacDhòmhnail am Pàipear seo air adhart. Tha an tagraiche airson an croit aige a shònrachadh do a nighean a tha às-làthair aig an àm seo, ach a tha air nochdadh gum bi i a' còmhnaidh air a' chroit anns an Ògmhios 2014. Cha robh gearanan sam bith an aghaidh an tagraidh seo. Chaidh aonta a chur ris.

Co-dhùnadh	Chaidh an tagradh aontachadh air a' bhunait a leanas: tha Earrann 5AA de Achd nan Croitearan (Alba) 1993 ag ràdh gu bheil ("An Achd") a' sònrachadh gum feum croitear a bhith gu h-àbhaisteach a' còmhnaidh an taobh a-staigh 32 cilemeatair de chroit a' chroiteir sin. Ged nach eil an neach-gabhail molta, [REDACTED] gu làithreach ann an còmhnaidh, [REDACTED] ha an Coimisean riarachd gu bheil na molaidhean mu ghabhail còmhnaidheachd le [REDACTED] air a' chroit san Ògmhios 2014, ceart gu leòr a rèir nan cumhachan ann am paragraf 66 de Phlana Poileasaidh a' Choimisein, a tha ag aithris "faodaidh an neach a tha molta a bhith a' còmhnaidh an àiteigin eile fhad 's a thathar a' feitheamh an t-sònrachaidh, ach feumaidh an Coimisean a bhith riarachd gu bheil an sònraiche an dùil an dleastanas còmhnaidheachd a choileanadh an taobh a-staigh àm
-------------------	--

	<p>reusanta". Dh'aontaich an Coimisean cuideachd rèiteachadh [REDACTED] a thaobh stiùireadh eadar-amail air a' chroit, a' còmhdach na h-ùine às-làthaireachd le [REDACTED] oir nì na palanaichean sin cinnteach gun lean a' chroit air adhart ga cumail suas.</p> <p>Tha Earrann 5C den Achd ag aithris gu bheil dleastanas air croitear a' chroit àiteach 's a chumail suas. Tha an Coimisean riarachtaichte gu bheil [REDACTED] air eòlas iomchaidh air croitearachd a thaisbeanadh agus air planaichean freagarrach a leasachadh airson a bhith ag obrachadh na croite.</p> <p>Ann an tighinn gu co-dhùnadh air a leithid sin de thagraidhean, feumaidh an Coimisean a bhith mothachail do dh'ùidhean na coimhearsnachd croitearachd ann an nàbaidheachd an fhearainn sin, a rèir cumhachan an fho-earrainn 58A(7)(c) den Achd. Ann am beachdachadh air an eileamaid seo, ghabh an Coimisean cunntas air ceanglaichean teaghlach [REDACTED] leis a' chroit agus leis a' choimhearsnachd croitearachd, agus bha iad den bheachd gum biodh neach nas òige le teaghlach a' tighinn a-steach don bhaile-fearainn gu mathas na coimhearsnachd croitearachd, oir neartaichidh e gleidheadh air àireamh-sluaigh.</p>
--	---

8 SLATAN-TOMHAIS AIRSON LEIGEIL CHROITEAN AIR GHABHAIL

Chuir Uilleam Mac a' Ghobhainn am Pàipear air adhart. Is e adhbhar a' Phàipeir seo cuireadh a thoirt don Bhòrd gus beachdachadh air pròiseas, a stiùreas an Coimisean a thaobh dòigh dèiligidh le iarrtasan croitean a leigeil air màl, far nach eil an t-uachdaran air sin a dhèanamh an taobh a-staigh nan crìochan ama, agus gu h-àraid dèiligeadh le gin sam bith de na 38 gabhaltasan croite a tha an Coimisean air crìochnachadh on Fhaoilleach 2012, a tha fhathast gun an leigeil.

Bidh am pròiseas seo a' beantainn ri uachdaran croitean falamh agus croitearan-seilbhe, agus na phròiseas air neach-gabhail ùr fhaotainn. Bidh an t-Àrd-Oifigear agus an Neach-gairm a' coinneachadh ri Roy McLachlainn bho SGRPID an-ath-sheachdain a dheasbad air buileachadh aithisgean gus leasachaidhean maireannach air na croitean airson nan cùisean sin a luachadh.

Tha am pròiseas seo a' leantainn air a' phròiseas crìochnachaidh agus cha bhi feum air tilleadh air ais chun a' Bhùird leis gach tagradh fa leth. Dh'iarr an Neach-gairm gum bi na modhan-obrach co-dhùnaidh air an ath-chuairteachadh chun a' Bhùird.

Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir litir modh a bhith air a cur gu gach uachdaran fa leth, gan comhairleachadh on nach eil iad air oidhirp a dhèanamh gus neach-gabhail ùr a lorg, gu bheil an Coimisean a-nis gnìomhach ann an lionadh a' ghabhaltais. Thèid iarraidh air SGRPID màl bhliadhnail do na croitean a mholadh, stèidhichte air a' mhàl a bh' ann, agus mura h-eil an neach-gabhail ùr ag aontachadh faodaidh iad ath-sgrùdadh iarraidh air Cùirt an Fhearainn.

Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir co-chomhairleachadh le comataidhean ionaltraidh sa phròiseas seo.

Ghabh còmhradh àite a thaobh cleachdadh air a' mhodh-obrach seo agus dh'iarr an Coimiseanair Nic na Ceàrdaich dearbhadh gun robh am modh-obrach dìreach do luchd-gabhail agus nach ann do chroitearan-seilbhe. Chomhairlich an Neach-gairm nach robhar ga chleachdadh gu làithreach ach airson luchd-gabhail, ach mar a tha air a dhaingneachadh le Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan, bidh an aon phròiseas ga

chur an gnìomh a thaobh croitearan-seilbhe cuideachd aig deireadh cùise. Dhaingnich an Neach-gairm gum biodh cleachdadh na modh-obrach seo air a dheasbad aig Buidheann Ath-sgrùdaidh Modh-obrach is Poileasaidh.

Chaidh aontachadh gum bu chòir an dòigh-sgrìobhaidh ann an ceist 9(b) den fhoirm tagraidh a ràdh 'Ma tha fearann croite eile agad, ciamar a tha thu ga chleachdadh?' agus gum bu chòir ceist 14(b) a ràdh 'Thoir seachd fiosrachadh mu ghnìomhachdan coimhearsnachd croitearachd sa bheil thu com-pàirteach cheana, no sa bheil dùil agad com-pàirt a ghabhail.' Chaidh am pròiseas aontachadh leis a' Bhòrd agus thugadh taing do dh'Uilleam Mac a' Ghobhainn airson a chuid obrach ag ullachadh a' Phàipeir seo.

Co-dhùnadh	Chaidh aontachadh ris a' phròiseas an Coimisean a chuideachadh le taghadh luchd-gabhail airson leigeil chroitean air màl.
-------------------	--

9



10 PLANA STIÙIRIDH CHLÀRAN

Thug Murchadh MacIllinnein fiosrachadh às ùr don Bhòrd mu Cho-labhairt Stiùireadh Chlàran a fhrithheil e air 3 Dùbhlachd 2013 còmhla ri Ceannard IS.

Mus cuirear às do chlàran sam bith, feumaidh an Coimisean a bhith mothachail gur dòcha gum bi feum aig Cùirt an Fhearainn orra aig àm air choreigin san àm ri teachd, agus feumar beachdachadh air am faodadh buidheann air choreigin eile coimhead às dèidh cuid de na clàran eachdraidheil againn m.e Ionad Tasglainn.

Tha cunnart ann a thaobh cliù mura dèilig an Coimisean le an clàran ann an dòigh iomchaidh. Feumaidh plana math a bhith aig a' Choimisean airson seo obrachadh ceart, agus tha atharrachadh cultarach a dhìth.

Tha goireasan a dhìth airson dèiligeadh leis a' phlana seo agus feumaidh luchd-obrach is Coimiseanairean trèanadh ann am modhan-obrach ùra. Feumaidh an Coimisean co-dhùnadh dè na sgrìobhainnean a tha riatanach an gleidheadh, dè na sgrìobhainnean nach eil riatanach an gleidheadh, agus dè thachras do na sgrìobhainnean nach fheum iad a ghleidheadh.

Chomhairlich Ceannard IS gun robh coinneamhan aice leis an luchd-obrach uile o chionn ghoirid gus clàran a' Choimisein uile a dhearbhadh, agus tha i a-nis a' seòrsachadh na dìofar sgrìobhainnean uile ann an sgeama seòrsachaidh gnothachais. Tha Donna Nic a' Ghobhainn air a h-ainmeachadh mar an neach le uallach àrd-stiùiridh air a' phlana agus Gerry McGarry air ainmeachadh mar mhanaidsear chlàran airson a' phlana.

Tha aithris poileasaidh air a dhreachadh agus tha obair air poileasaidhean gleidhidh is sgrìos ri tòiseachadh a dh'aithghearr. Bidh Ceannard IS a' sireadh comhairle bho Chomhairle Thasglannan na h-Alba, agus is e dè a thachras do na seann fhaidhlicheann croite, cùis chudromach air am feumar beachdachadh.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum faodadh an Coimisean sgrùdadh saor-thoileach iarraidh a dhèanamh air pròiseasan Stiùiridh Chlàran le Oifis nan Coimiseanairean Fiosrachaidh, agus is iongantach mura h-e sin nì air an tèid beachdachadh san àm ri teachd. Chaidh draghan a nochdadh mu sgrios fhaidhlichean pàipeir agus dh'fhaodadh gur h-e aon roghainn na faidhlichean uile a sganadh agus an uair sin an tasgadh.

Mhol an Neach-gairm cuireadh a thoirt don Choimiseanair Fiosrachaidh gus coinneachadh leis a' Bhòrd airson comhairle a thoirt seachad agus gun nì a sgrios san eadar-ama, agus chaidh aontachadh ris an seo.

Co-dhùnadh	Tha an Coimiseanair Fiosrachaidh ri cuireadh fhaotainn airson coinneachadh ris a' Bhòrd, a thoirt seachad comhairle mu phròiseasan Stiùiridh Fiosrachaidh agus chan eil clàran sam bith rin sgrios san eadar-ama. Bidh Plana deireannach Stiùiridh Chlàran air a chur air beulaibh a' Bhùird aig coinneamh Bùird sa Ghearran.
-------------------	--

11 PLANA CORPORRA

Chuir am Manaidsear Gnothachais am Pàipear seo air beulaibh a' Bhùird, a' leantainn air a' Choinneamh Planadh Gnothachais ann an Sròn an t-Sithein. Tha am Plana Corporra fhathast a' dol air adhart ach tha e a-nis nas teinne. Tha aithris ga toirt gu buil a thèid còmhla ris a' Phlana Corporra agus thathar an dòchas am Plana deireannach a thoirt chun a' Bhùird sa Ghearran.

Ghabh deasbad àite a thaobh cinn-uidhe a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais agus an dùil gum biodh am plana air a bhuileachadh ro dheireadh na bliadhna. Chomhairlich an Ceannard Ionmhais nach gabhadh seo dèanamh oir gun robh feum air mion-fhiosrachadh mu ghoireasan mus gabhadh am pròiseas buidseit a chrìochnachadh. Dh'aontaich an Coimisean gun robh e cudromach an AFC a chomhairleachadh mun adhbhar airson na dàlach agus bheir an Ceannard Ionmhais seo air adhart.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun robh i ann an còmhraidhean leis an Roinn Urrasachd a thaobh solar ghoireasan a bharrachd agus chaidh iarraidh oirre plana a chur a-steach, a chuirear air beulaibh Sgioba Ionmhais na Roinne Urrasachd. Airson am Plana Corporra a chur na àite, feumar raointean-ama a shuidheachadh le beachd tuairmseach air an àireamh de luchd-obrach a bharrachd a gheibhear. Tha coltas gum bi an raon-ama airson seo anns a' bhliadhna buidseit 2014-2015.

Bha an Coimisean airson taing a thoirt don Àrd-Oifigear airson a cuid obrach an lùib tairgse airson goireasan, agus a lèirsinn ann an toirt a' Choimisein air adhart.

Dh'fhàg Murchadh MacIllinnein, Coimiseanair agus Ailean MacLeòid, BBC Alba, an seòmar aig 11.55m.

12 SEISEAN DÙINTE – IARRTAS DI-CHROITIDH LÀN CHROIT – (DEASBAD ANN AN DÌOMHAIREACHD)

Chuir Artair MacDhòmhnail am Pàipear seo air adhart.

[REDACTED]

[REDACTED]

bu chòir comhairle a shireadh bho Chaidreachas Croitearachd na h-Alba, a' chomhairle ionadail, a' chomhairle coimhearsnachd ionadail no an comann taigheadais ionadail.

Aon uair 's gum faighear am fiosrachadh, bu chòir don tagradh a dhol gu Buidheann Riaghlaidh Ath-sgrùdadh Obair-chùisean airson a thighinn gu co-dhùnadh.

Dhaingnich an Neach-gairm an fheum air Coimiseanairean a dhol air ais gu na h-Oifigearan Obair-chùisean ma tha iad a' faireachdainn nach eil fiosrachadh gu leòr ann airson co-dhùnadh air an iarrtas.

13 BUAIDHEAN GHOIREASAN A THAOBH PROTHAID BLIADHNAIL

Chòmhdach an t-Àrd-Oifigear a' chùis seo ann an nì 11 air a' chlàr-obrach.

14 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEAMH

11 Gearran 2014 – ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir airson fios-air-ais bho Phoileasaidh is Modhan-obrach STWG, agus Trèanadh Laghail. Coinneamh feasgair ann an Taigh-òsta Loch Àrdail aig 7.30f.

12 Gearran 2014 – Coinneamh Bùird ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir.

15 GNETHAICH DEATAMACH EILE

- Chomhairlich an Neach-gairm gu bheil an luchd-lagha Keith Greumach agus Derek Flynn air a bhith a' frithealadh Poileasaidh is Modhan-obrach STWG agus a' toirt comhairle air an sump. Tha iad ag obair cuideachd air an sump airson Buidheann Lagha Croitearachd. Bu mhath leis an Neach-gairm moladh gum faighnichear don Bhuidheann Lagha Croitearachd an obraicheadh iad còmhla le Poileasaidh is Modhan-obrach STWG air an sump. Dh'aontaich an Coimisean leis an seo.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gun iarrar air Buidheann Lagha Croitearachd obrachadh còmhla le Poileasaidh is Modhan-obrach STWG air an sump.
-------------------	--

- Chomhairlich an Neach-gairm gu bheil Caidreachas Croitearachd na h-Alba air fios naidheach mì-fhàbharach a chlàr-bhualadh mu fhoirm Dleastanas Aithris.
Thugadh fa-near gu bheil 32 comataidhean ionaltraidh air an deach iarraidh beachd a thoirt seachad air foirmean Dleastanas Aithris, air na foirmean a lìonadh an àite sin.
- Bha Uilleam Swann ag iarraidh cùis a shoilleireachadh mu Chùirt an Fhearainn a' cleachdadh buidheann coporra agus dh'ainmicheadh Coimiseanairean fa leth sna co-dhùnaidhean. Thuir e ma tha Cùirt an Fhearainn ag ainmeachadh dhaoine fa leth, tha an neach sin airidh air riochdachadh laghail agus bu mhath leis soilleireach air an seo.
- Dh'fhaighnich Sandaidh Cross dè an inbhe a bh' ann le Aonta Ìre Seirbheis le SNH agus am MOTU. Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear agus an Ceannard Ionmhais gun robh iad faisg air deiseil airson soidhnigeadh, agus thathar an dòchas gum bi seo crìochnaichte ro shaor-làithean na Nollaige.
- Dh'fhaighnich Caitlin Nic na Ceàrdaich an robh e ceadaichte do Mheasadairean cosgaisean fhaighinn airson frithealadh coinneamh ionadail a chuireadh i fhèin air dòigh. Dh'aontaich an Coimisean gun robh.

- Dh'iarr Caitlin Nic na Ceàrdaich air Artair MacDhòmhnaill na leanas a mhìneachadh: Labhair Measadair ri Slàinte bheathaichean gus cothrom fhaotainn air clàran airson faighinn a-mach cò aige a bha stoc a bha a' dol air seachran air an fhearann aige. Thuir Slàinte Bheathaichean ris a' Mheasadair nach b' urrainn dhaibh am fiosrachadh a thoirt dha mura robh inbhe air choreigin aige an taobh a-staigh an riaghaltais, ach gun toireadh iad cead do Choimisean na Croitearachd air an fhiosrachadh. Chaidh aontachadh nach deidheadh an Coimisean an sàs ann oir b' e cùis chatharra a bh' ann agus cha b' e cùis Coimisein.



- Chomhairlich an Neach-gairm gur e a' Choinneamh Bùird mu dheireadh aig Sandaidh Cross a bh' ann agus thug i taing dha airson a chuid obrach ionmholta, gu h-àraid leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais.
- Chomhairlich an Neach-gairm gun robh Arnie Pirie a' gabhail fòrladh airson bliadhna, agus ghuidh i gun deidheadh gu math dha agus dh'iarr i air ceangal a chumail suas leotha.

Thug an Neach-gairm taing do gach neach airson a bhith an làthair aig a' choinneamh

**THA PÌOSAN FIOSRACHAIDH AIR AN TARRAING ÀS A' GHEÀRR-CHUNNTAS
SEO. THA SEO DÈANTE MAR GHÈILLEADH DON ACHD DÌON DÀTA AGUS
FAR A BHEIL COMHAIRLE AIR A SHOLARACHADH, A THA CÒMHDAICHTE LE
SOCHAIR LAGHAIL**

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 12 GEARRAN 2014

An làthair:	Siùsaidh Walker	Neach-gairm
	Cailean Ceanadach	Iar-Neach-gairm
	IG MacDhòmhnail	Coimiseanair
	Caitlin Nic na Ceàrdaich	Coimiseanair
	Marina Dennis	Coimiseanair
	Murchadh MacIllinnein	Coimiseanair
	Catriona NicIlleathain	Àrd-Oifigear
	Iain Bryce	Manaidsear Gnothachais
	Donna Nic a' Ghobhainn	Ceannard IS
	Gòrdan Dòmhn allach	Ceannard Ionmhais
	Iain Toal	Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan
	Eòsaph MacIllechiar	Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail
	Màiri Ros	Ball den luchd-obrach
	Mòrag Menzies	PA don Neach-gairm, Sgrìobhaiche
	Anna NicUilleam	Ball den luchd-obrach (bho 11:15m)
	Calum MacIlleathain	BBC Alba
	Uilleam Mac a' Ghobhainn	Ball den phoball

1. FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Fhuair eadh leisgeulan bho Uilleam Swann agus Sine NicThòmais.

Chuir an Neach-gairm fàilte air gach neach chun na coinneimh, gu h-àraid Màiri Ros, am Manaidsear Riaghlaidh ùr.

2. FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Dh'fhoillsich Cailean Ceanadach, Murchadh MacIllinnein agus an Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail com-pàirt ann an Nì 10b air a' chlàr-obrach.

3. AONTA DO DHREACH GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' BHÙIRD AIR 11 DÙBHLACHD 2013.

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 11 Dùbhlachd 2013.

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Chaidh coimhead a-rithist ris na puingeann gnìomha bhon choinneamh air 11 Dùbhlachd 2013:

- Choinnich an Neach-gairm agus an t-Àrd-Oifigear ri Roy McLachlainn bho SGRPID san Dùbhlachd gus deasbad air draghan nan croitear a thaobh chùisean planaidh. Tha puingeann ann leis am feumar dèiligeadh agus bheirear a' chùis seo gu Coinneamh Bùird san àm ri teachd.
- Tha coinneamh gus a bhith eadar luchd-obrach IS agus an Neach-gairm is IG MacDhòmhnaill air 13 Gearran 2014, a dheasbad air duilgheadasan co-cheangailte ri clàradh chroitean is ionaltraidhean coitcheann.
- Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun robh i air soilleireachd a shireadh bhon Roinn Urrasachd a thaobh Dionachd Crùin agus gu h-àraid na facail 'de dhaoine a dh'aithnicheas iad' agus 'ann an deagh rùn'. Cha d' fhuair i freagairt bhon Roinn Urrasachd fhathast ach tha i an dòchas sin fhaighinn ron ath Coinneamh Bùird.
- Chomhairlich am Manaidsear Gnothachais, a' leantainn air adhart bho Choinneamh Fiosrachaidh Poileasaidh is Modh-obrach an STWG air 11 Gearran 2014, gun robh e soilleir gum feumaist coimhead ris a' Phlana Poileasaidh a-rithist agus mar sin thathar a' planadh air coinneamh a chumail air 7 Màrt 2014, gus deasbad air a' Phlana Poileasaidh agus air a' Phlana Chorpóra, agus bheirear Pàipear gu an ath Coinneamh Bùird sa Mhàrt. Tha coltas ann gum bi a' choinneamh seo an lùib na h-ath choinneimh de Phoileasaidh is Mhodh-obrach an STWG. Ma bhios atharrachaidhean sam bith dèante ris a' Phlana Poileasaidh, feumaidh iad a dhol a-mach gu co-chomhairle mus fhaigh iad aonta bhon Mhinistear.
- Thug Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan fiosrachadh às ùr seachad air adhartas a thaobh a' Choimisean a bhith a' toirt chroitean falamh air ghabhail. Tha aithisgean bho SGRPID air an iarraidh airson sia croitean agus leanaidh am pròiseas aon uair 's gum faighear na h-aithisgean sin.
- Thug Ceannard IS fiosrachadh às ùr seachad air a' Phlana Stiùiridh Chlàran. Tha an Coimiseanair Fiosrachaidh air cuireadh fhaighinn tadhal air a' Choimisean ach cha d' fhuair e freagairt fhathast. Tha iarrtas foirmeil air a thighinn a-nis gun Choimisean gus am Plana Stiùiridh Chlàran a chur a-steach ro 31 Cèitean 2014. Bu chòir do Dhreach Plana a bhith dèante ro dheireadh a' Ghearrain 2014, air a leantainn le Plana Leasachaidh.
- Chomhairlich an Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail gun robh Daibhidh Findlay, an Neach-lagha, air a bhith glè chuideachail ann an dreachadh litir gu Cùirt an Fhearainn a thaobh Cùirt an Fhearainn a bhith ag iomradh air Coimiseanairean fa leth ann an co-dhùnaidhean. Tha an Coimisean a' feitheamh ri freagairt bho Chùirt an Fhearainn.
- Chomhairlich an Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail gu bheil comhairle laghail air a shireadh bho aon de phannal luchd-lagha a' Choimisean a thaobh na cùise co-cheangailte ris an dàimh eadar roinn agus earrannan ionaltraidh. Aon uair 's gum faighear comhairle, thèid a chuirteachadh gun Choimisean agus an luchd-obrach.

5 PÀIPEARAN AIRSON AONTA

(a) Ag atharrachadh pròtacal airson dèiligeadh le Tagraidhean Choimiseanairean.

Co-dhùnadh	Tha am Pàipear pròtacail ga atharrachadh airson dèiligeadh le Tagraidhean Choimiseanairean, a tha a' moladh gum bi tagraidhean riaghlaidh uile a chuirear a-steach le Coimiseanairean, air an cluinntinn fon cheann 'Toirmeasg Mheadhanan is Poball' agus aon uair 's gu bheil co-dhùnadh dèante leis a' Choimisean, gum faigh na meadhanan 's am poball (agus an Coimiseanair buntainneach) cead a bhith an làthair gus buil a' cho-dhùnaidh a chluinntin agus na h-adhbharan airson a' cho-dhùnaidh a chaidh aontachadh.
-------------------	---

6 FIOSRACHADH ÀS ÙR AIR IONMHAS IS SGRÙDADH

Chomhairlich an Neach-gairm, a' leantainn air Sandaidh Cross a' fàgail a' Choimisein, gum b' e Uilleam Swann Iar-Chathraiche Coinneamhan Sgrùdaidh is Ionmhais agus tha Murchadh MacIllinnein air a' Chomataidh airson ùine ghoirid, gus am bi Coimiseanair ùr air fhadhadh.

Dh'aithris Murchadh MacIllinnein, aig a' choinneamh mu dheireadh air 10 Gearran 2014, gun robh àireamh de chùisean fhathast rin dèanamh. Cha robh Pàipearan rim faotainn le buil a' chomataidh agus chaidh aontachadh nach bu chòir dàil a chur air na cùisean sin gu an ath bhliadhna ionmhasail. Thathar a' moladh coinneamh eile den Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais a chumail ro dheireadh a' Mhàirt. Tha coltas fo-chaitheachas air nochdadh sa mhìos a chaidh seachad ach thathar an dòchas gun urrainnear an t-airgead seo a chosg ro dheireadh na bliadhna ionmhais. Tha inleachdan ann gus bacadh a chur air suidheachadh mar seo tachairt a-rithist.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gur h-e nì gun chinnt a th' ann an ath-thagraidhean agus buileachadh chosgaisean an-còmhnaidh. Thathar an dòchas gum bi am MOTU agus an Aonta Ìre Seirbheis le SNH crìochnaichte ro dheireadh na bliadhna ionmhais.

Dh'iarr an Neach-gairm air na Coimiseanairean smaoineachadh air am biodh ùidh aig neach sam bith dhiubh a bhith nam ball den Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais.

7 GNÌOMHAN SAM BITH NO AONTA BHO STWG

Chaidh deasbad air na modhan-obrach a leanas aig Coinneamh Fiosrachaidh Poileasaidh is Modh-obrach an STWG ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir air 11 Gearran 2014, agus tighinn gun Choimisean airson aonta:

1. Earrann 3A Croitean Ùra

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

2. Earrann 4 Leudachadh Croitean

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

3. Earrann 4A Iomlaid Croitean no Pàirt Croitean

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

4. Earrannan 5AA & 26 Croitear air Ghabhail: Dleastanas Còmhnaidheachd

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

5. Earrannan 5C & 26 Croitear air Ghabhail: Dleastanas Àiteach is Cumail Suas

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

6. Earrann 8 Sònrachadh

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

7. Earrann 9 Roinn Croit air Ghabhail

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

8. Earrann 9 & 10(4A) Roinn Croit le Tiomnaidh Croiteir nach maireann

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

9. Earrann 10 Dìleab Gabhaltas Croite

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

10. Earrann 11 Gun tiomnadh

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

11. Earrann 11(4) – 11(8) Gun tiomnadh (Crìochnaichte leis a' Choimisean far nach eil a' chroit air a tar-thoirt leis an Tiomnaidh an taobh a-staigh an ama reachdail)

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

12. Earrann 21B Cead a bhith Às-làthair bhon Chroit

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

13. Earrann 23 Leigeil air ghabhail Croit Falamh

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

14. Earrann 23 An Coimisean a' leigeil air ghabhail Croite

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

15. Earrann 24 & 25 Di-chroiteadh Croit Slàn no Pàirt Croite

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

16. Earrann 24 & 25 Di-chroiteadh Làrach Taighe is Fearann Gàrraidh

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

17. Earrann 24 & 25 Di-chroiteadh Ghabhailean

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

18. Earrann 24(2) Di-chroiteadh Croit Falamh – a’ leantainn fios bhon uachdaran an dèidh crìoch air gabhantas leis a’ Choimisean fo fo-earrann 26H(1)

Co-dhùnadh	Aontaichte
-------------------	-------------------

19. Earrann 27 Fo-thoirt air Gabhail Croite

Air a tharraing às

20. Earrann 29A Leigeil air Ghabhail Croit Seilbhe

Co-dhùnadh	Dh’aontaich an Coimisean gun robh làn deasbad a dhìth airson coimhead ri a bheil e iomchaidh na facail ‘fearann neo-chroite’ a chur ann am foirmean tagraidh, a’ toirt cunbhalachd tarsainn foirmean tagraidh uile. Tha Pàipear a dhìth airson coimhead ri buaidh nam facal sin a chur san fhoirm tagraidh, agus bu chòir soilleireachadh laghail a shireadh.
-------------------	--

21. Earrann 29A Leigeil air Ghabhail Croit Seilbhe – ‘Gabhail Geàrr-ama’

Air a tharraing às

Chomhairlich an Neach-gairm gun robh Poileasaidh is Modh-obrach an STWG ag ath-bhreithneachadh nam prìomh ghnìomhan a thaobh tagraidhean riaghlaidh uile air an coileanadh leis a’ Choimisean. Tha mòran obrach ri dhèanamh fhathast air na gnìomhan nach eil air an cleachdadh cho bitheanta. Is e an t-adhbhar airson an ath-bhreithneachaidh soilleireachd a sholarachadh do luchd co-dhùnaidh, tagraichean, àidseantan agus luchd-obrach mu ar poileasaidhean is pròiseasan.

8 FIOSRACHADH ÀS ÙR MU FFASTADH COIMISEAN AIR ÙR

Chomhairlich an Neach-gairm gum feumadh ùidh uachdarain a bhith aig a’ Choimisean air ùr.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun robh an tuairisgeul obrach ga ullachadh agus gun deigheadh pròiseas nam fastaidhean poblach a leantainn. Bidh an Neach-gairm air a’ phannal agallamhan còmhla ri ball de Riaghaltas na h-Alba agus ball neo-eismeileach. Thathar an dòchas gum bi Coimisean air ùr air fhadhadh cho luath ’s a ghabhas gu reusanta a dhèanamh, agus gum bi sgilean ionmhasail aige/aice.

9 PÀIPEAR PLANA GNOTHACHAIS

Chuir an t-Àrd-Oifigear am Pàipear an aithne.


Feumaidh an Coimisean co-dhùnadh air am prìomhachasan thar nan 3 bliadhna ri teachd.

Co-dhùnadh	Dh’aontaich an Coimisean gur h-e a’ chiad phrìomhachas, dèanamh cinnteach gu bheil croitearan is luchd-seilbhe uile a’ gèilleadh do an dleastanasan. Airson seo a dhèanamh, ’s e prìomhachas na bliadhna seo: <u>Am Prògram Fios Bliadhnail a Leasachadh ’s a Thòiseachadh</u>
-------------------	---



	<p>Is iad na prìomhachasan deatamach eile:</p> <ul style="list-style-type: none">• Dleastanasan fo Achd nan Clàran• Cur taic ri pròiseas clàraidh• Grinneachadh is giullachd thagraidhean riaghlaidh• Clàradh ionaltraidhean agus leis an sin, ath-bhreithneachadh air riaghailtean. <p>Tha ath-leasachadh reachdail aig cridhe soirbheachaidh agus leanaidh an Coimisean air adhart ag obair le com-pàirtichean airson seo a liubhairt.</p> <p>Leanaidh Bliadhna 2 le ath-leasachadh reachdail:</p> <ul style="list-style-type: none">• Giullachd thagraidhean riaghlaidh• Dleastanas aithris• Geo-phileatan <p>Bidh tuilleadh leasachaidh air na tha gu h-àrd ann am Bliadhna 3, barrachd co-obrachaidh agus meudachadh air gnìomhachadh ann an ceàrnaidhean croitearachd ùra.</p> <p>Bheirear Plana Gnothachais deireannach leis na ciad Phrìomh Chomharran Coileanaidh agus buidseatan co-cheangailte, gu Coinneamh a' Bhùird sa Mhàrt.</p>
--	--

Ann an ruighinn a' cho-dhùnaidh seo, dh'iarr an Coimisean air an Àrd-Oifigear fios a leigeil gu Riaghaltas na h-Alba mun fheum air goireasan gu leòr airson a ghnìomhan a choileanadh agus am Plana Poileasaidh a bhith air atharrachadh.

10



10b



11 **CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH**

26 Màrt 2014 ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir.

12 GNATHAICH IOMCHÀIDH EILE

- Dh'fhaighnich Caitlin Nic na Ceàrdaich an robh Co-labhairt Mheasadairean gu bhith ann am-bliadhna agus chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun deigheadh seo a dheasbad aig an ath Choinneamh Bùird.
- Dh'iarr Murchadh MacIllinnein ath-bhreithneachadh air cùisean Cùirt an Fhearainn airson na bliadhna a dh'fhalbh a bhith rim faotainn airson Coinneamh a' Bhùird sa Mhàrt. Bruidhnidh an t-Àrd-Oifigear ris a' Cheannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail gus cur air dòigh gun dèan Daibhidh Findlay, an Neach-lagha, eadar-mhìneachadh air co-dhùnaidhean Cùirt an Fhearainn còmhla ri iomairt follaisidh dian. Tha an Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail air liosta de cho-dhùnaidhean a chur ri chèile airson na bliadhna a dh'fhalbh, a chuairticheas e gu Coimiseanairean air post-d.
- Dh'iarr an Neach-gairm gun deigheadh leantainn air an Trèanadh Laghail a fhuair na Coimiseanairean air 11 Gearran 2014, le sgrùdadh breithneachail air na dearbh cho-dhùnaidhean a chaidh a dhèanamh cheana. Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum biodh an Trèanadh Laghail a' leantainn air adhart.
- Dh'fhaighnich Cailean Ceanadach dè bha a' tachairt le cùisean nam Feàrna Mhòra agus Earradal a Tuath. Thug an Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail fiosrachadh às ùr seachad.

Na Feàrna Mòra: Tha am pàipear cùise air a fhrithealadh, fhuair e beachdan air agus bidh a' chùis seo a' dol gun ath bhuidheann ath-bhreithneachaidh air obair-cùise airson co-dhùnadh.

Earradal a Tuath: Tha an Coimisean fhathast ann an deasbad le Cùirt an Fhearainn oir cho-dhùin an Coimisean an co-dhùnadh co-cheangailte ri cleachdadh neo-oifigeil air fearann a dhùbhlachadh, agus gun robh aig a' Choimisean ri cunntas a ghabhail air beachdachaidhean a' Chùmhnaint Eòrpach air Còraichean Daonna. Tha Cùirt an Fhearainn air iarraidh gum bi aithisg fhoirmeil air a cur gun chùirt.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir comhairle laghail a shireadh bho Dhaibhidh Findlay mu chùis Earradail a Tuath. Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir co-dhùnadh sam bith a thilleas gun Choimisean airson beachdachadh air ath-thagradh bho Chùirt an Fhearainn, a bhith air a cho-dhùnadh leis an làn Bhòrd.
-------------------	--

Thàinig a' choinneamh gu crìch aig 13:30f.

THA PÌOSAN FIOSRACHAIDH AIR AN TARRAING ÀS A' GHEÀRR-CHUNNTAS SEO. THA SEO DÈANTE MAR GHÈILLEADH DON ACHD DÌON DÀTA AGUS FAR A BHEIL COMHAIRLE AIR A SHOLARACHADH, A THA CÒMHDAICHTE LE SOCHAIR LAGHAIL

COIMISEAN NA CROITEARACHD

**GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH SHÒNRAICHTE A' CHOIMISEIN
ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 13 GEARRAN 2013 AIG 12f.**

An làthair:	Siùsaidh Walker	Neach-gairm, Cathraiche
	IG MacDhòmhnail	Coimiseanair
	Caitlin Nic na Ceàrdaich	Coimiseanair (T/C)
	Marina Dennis	Coimiseanair (T/C)
	Uilleam Swann	Coimiseanair (T/C)
	Catriona Nicllleathain	CEO
	Heather Donnachie	PA don CEO, Sgrìobhaiche

1 FÀILTE

Dh'fhosgail an Neach-gairm a' choinneamh agus thug i taing don Choimisean airson frithealadh gun mhòran fios ro-làimh.

2 AM PRÒISEAS AIRSON NA COINNEIMH SHÒNRAICHTE SEO DEN BHÒRD

Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gun robh àireamh riaghailteach aig a' Choinneamh Bùird a chumadh air 12 Gearran 2014 gus an do dh'fhoillsich na Coimiseanairean Ceanadach is MacIllinnein com-pàirt san nì mu dheireadh, a' fàgail dìreach ceithir Coimiseanairean. Anns an t-suidheachadh sin, cha robh anns an deasbad mu thagraidhean Roinnidh Àirigh nan Gobhar ach dìreach sin – deasbad, agus cha b' e co-dhùnadh.

A rèir Gnàth-Riaghailtean a' Choimisein aig puing 12.4 *“Cha bhi gnothaich sam bith air a choileanadh aig coinneamh a' Choimisein, ma tha bacadh air Coimiseanairean bhòtadh mar thoradh air foillseachadh com-pàirt is eile, agus a tha nas lugha na àireamh riaghailteach den Choimisean an làthair a tha airidh air bhòtadh air an nì sin.”*

A' cur earbsa ann an Earrann 7.3 de Ghnàth-Riaghailtean a' Choimisein, dh'iarr an Neach-gairm air an Àrd-Oifigear Coinneamh Shònraichte den Bhòrd a ghairm.

“Ann an suidheachadh Coinneamh Shònraichte a bhith air a gairm mar thoradh air iarrtas bho Neach-gairm a' Choimisein, far a bheil e follaiseach don Neach-gairm gu bheil an gnothaich deatamach, faodaidh an t-Àrd-Oifigear coinneamh a ghairm gun fhios seachd latha a thoirt seachad mar a tha air a shònrachadh ann an 7.1 gu h-àrd, cho fada 's gu bheil gach oidhirp ga dhèanamh labhairt ri Buill gus nas urrainnear de dh'fhios a thoirt dhaibh ron choinneamh.”

2 LEISGEULAN

Chaidh gairm-fòn gu Mgr Ceanadach air a' fòn dachaigh aige agus chaidh teachdaireachd fhàgail air a' fòn-làimhe aige, a' riarachadh cumha 7.3 de na Gnàth-Riaghailtean a thaobh "gum bi a h-uile oidhirp air a dhèanamh labhairt ris na Buill gus nas urrainnear de dh'fhios a thoirt dhaibh ron choinneamh."

Dh'aontaich am Bòrd, a rèir cumhachan nan Gnàth-Riaghailtean, gun robh àireamh riaghailteach ann an coinneamh an latha an-diugh.

3 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Tron deasbad air tagraidhean Roinnidh Àirigh nan Gobhar air 12 Gearran 2014, bha an dà Choimiseanair Ceanadach is MacIlinnein air com-pàirt fhoillseachadh agus air a' choinneamh fhàgail, agus cha robh diofaran sam bith san t-suidheachadh an-diugh.

Cha deach com-pàirt sam bith eile fhoillseachadh.

4 CÙIS BEACHDACHAIDH

Chaidh deasbadan farsaing a chumail air an dà thagradh roinnidh às leth Coimiseanair Ceanadach, stèidhichte mu thimcheall an fhiosrachaidh air a chur air adhart sa Phàipear agus an co-dhùnadh car ùine a thaobh aonta aon-ghuthach a chur ris na dhà, air na h-adhbharan a leanas.

Co-dhùnadh

A thaobh Tagradh 1

Aig a' choineamh air 13 Gearran 2014, rinn an Coimisean co-dhùnadh car ùine an tagradh le Mgr Ceanadach aontachadh, a tha gnìomhach mar chroitear, airson roinn de dh'ionaltradh choitcheann Àirigh nan Gobhar de mhead 8.07 heactair, airson obair eadar-mheasgte air a' chroit.

Ann an ruighinn a' cho-dhùnaidh seo, a rèir stiùireadh le Cùirt an Fhearainn ann an Alba, dh'fhàg an Coimisean às na raointean le dath purpaidh air a' mhapa co-cheangailte a thaobh Mull View Cottage, Seaview agus Bayview de mhead 0.054 ha, 0.044 ha agus 0.092 heactair am fear.

Cho-dhùin an Coimisean cuideachd nach biodh cùmhnant feansaigh air a chur san aonta seo.

Bhon chaidh an tagradh seo a chur a-steach ron atharrachadh ann an 2007 air Achd na Croitearachd (Alba) 1993 (mar a chaidh atharrachadh), bidh an roinn seo maireannach.

Is e aon cùmhnant den aonta seo, gum bi slighean a-steach poblach no priobhaideach a th' ann mar-thà air rathad ris an deach gabhail no ris nach deach gabhail no slighe gu seirbheisean sam bith, air an gleidheadh..

A thaobh Tagradh 2

Bha aig a' Choimisean ri beachdachadh an toiseach air comasachd an tagraidh.

Gu h-àbhaisteach, bhiodh an tagradh roinnidh air a shoidhnigeadh leis an uachdaran, ach sa chùis shònraichte seo cha b' urrainn don tagraiche ìmpidh a chur air an uachdaran com-pàirt a ghabhail sa phròiseas seo. A rèir mhodh-obrach, riarach an Coimisean an tagradh air an uachdaran, nach tug beachd sam bith seachad. Gus nach biodh anacothrom air an tagraiche ann an suidheachadh mar sin, chaidh iarraidh air a' Choimisean beachdachadh air an fhianais a thug an tagraiche seachad gun robh an roinn seo aige.

B' e co-dhùnadh a' Choimisein gun robh buaidh aig an fhianais air a' cho-dhùnadh. B' e an fhianais sin sgrìobhainnean co-cheangailte ri reic na seilbhe, an litir bho ██████████ le ceann-latha 15 Cèitean 1992 agus an litir bho ██████████ le ceann-latha 1 Faoilleach 2008 's iad le chèile ag aithris gun robh a leithid sin de roinn aig an tagraiche.

Ghabh iad cunntas cuideachd air gun robh an SLC air daingneachadh gu bheil aon roinn croitearachd aig an tagraiche, ach nach d' fhuair e suidheachadh co-dhùinte air na roinnean a chòrr. A thuilleadh air an sin, gun robh an tagradh air a riarachadh air an uachdaran agus air a shanasachd gu poblach ann an coimhearsnachd an ionaltraidh, agus cha d' fhuair e beachd, riochdachadh, tagradh no gearan sam bith bhon uachdaran.

Chan eil comataidh ionaltraidh no connstabal ionaltraidh san àite agus chan eil luchd-earrannan eile ann nas mò.

Bhon a mheas an Coimisean an tagradh comasach, bheachdaich iad air a rèir airidheachd agus chaidh a mholadh aonta a chur ris an tagradh fad ùine 15 bliadhna airson adhbharan làimhseachaidh stoc. A thaobh nan leasachaidhean eile air am moladh leis an tagraiche, thug an Coimisean fa-near gu bheil iad sin aig ìre thràth. Cha robh an fhianais a thathar gu h-àbhaisteach a' dùileachadh a bhith còmhla ri a leithid sin de mholaidhean agus air am mìneachadh ann an nota stiùiridh 7 agus 8 air an fhoirm tagraidh a dh'fheumar a chur a-steach leis gach tagradh, ri fhaotainn aig an ìre seo.

Ach, cho-dhùin an Coimisean, nam faigheadh an tagraiche na h-aontaidhean riatanach do na molaidhean aige, gum faod e an uair sin tagradh a chur chun a' Choimisein airson ath-bhreithneachadh air an ùine a chaidh a bhuileachadh, ag iarraidh gum bi e air a leudachadh no air a dhèanamh maireannach. Bidh tagradh sam bith airson ath-bhreithneachadh air ùine an roinnidh no pàirtean den roinn, air am beachdachadh air airidheachd a rèir poileasaidh làithreach a' Choimisein.

Tha an co-dhùnadh air a mholadh a thaobh aontachadh cuideachd a' gabhail a-steach cùmhnant gum bi a' chrìoch a-muigh gu deas agus gu an iar air a feansadh.

Is e cùmhnant eile an lùib a' cho-dhùinidh seo, gum bi slighean a-steach poblach no prìobhaideach a th' ann cheana air rathad ris an deach gabhail no ris nach deach gabhail no slighe gu seirbheisean sam bith, air an gleidheadh.

Bidh cluaineadh iomlan an tagraiche air a lùghdachadh bho 35 gu 22 caoraich.

Thug an Neach-gairm a' choinneamh gu crìch aig 12.45f.

THA CUID DEN FHIOSRACHADH AIR A CHLEITH ÀS A' GHEÀRR-CHUNNTAS SEO. THA SEO DÈANTE GUS GÈILLEADH DON ACHD DÌON DÀTA AGUS FAR A BHEIL COMHAIRLE AIR A SHOLARACHADH, A THA CÒMHDAICHTE LE SOCHAIR LAGHAIL.

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS DE CHOINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 26 MÀRT 2014

An làthair:	Siùsaidh Walker	Neach-gairm
	Cailean Ceanadach	Iar-Neach-gairm
	IG MacDhòmhnail	Coimiseanair
	Murchadh MacIllinnein	Coimiseanair
	Uilleam Swann	Coimiseanair
	Marina Dennis	Coimiseanair
	Caitlin Nic na Ceàrdaich	Coimiseanair a thàinig aig 09:35m
	Catriona NicIllEathain	Àrd-Oifigear
	Iain Bryce	Manaidsear Gnothachais
	Sìne NicThòmais	Ceannard Conaltraidh
	Iain Toal	Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan
	Eòsaph MacIlleChiar	Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail
	Gòrdan MacDhòmhnail	Ceannard ionmhais
	Donna Nic a'Ghobhainn	Ceannard IS
	Morag Menzies	PA don Neach-gairm, Rùnaire na Coinneimh

1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Chuir an Neach-gairm fàilte air gach neach chun na coinneimh. Cha d' fhuair eadh leisgeulan sam bith.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Dh'fhoillsich Coimiseanairean Cailean Ceanadach agus Murchadh MacIllinnein com-pàirt ann am Pàipear Àirigh nan Gobhar, a chaidh a dheasbad air 12 agus 13 Gearran 2014.

Dh'fhoillsich an Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail com-pàirt ann am Pàipear 5b.

3 AONTA DO DHREACH GEÀRR-CHUNNTAS 11 GEARRAN 2014

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 11 Gearran 2014, le ùmhlachd do na h-atharrachaidhean a leanas:

Duilleag	Nì	Paragraf	Bu chòir an teacs Atharraichte/Bharrachd a bhith
1	3	2	Atharraich an teacs bho 'le oifigearan a' Choimisein aig' gu 'le oifigearan a' Choimisein fo ùghdarras tiomnaichte aig'

AONTA DO DHREACH GEÀRR-CHUNNTAS A' BHÙIRD AIR 12 GEARRAN 2014

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 12 Gearran 2014.

AONTA DO DHREACH GEÀRR-CHUNNTAS A' BHÙIRD AIR 13 GEARRAN 2014

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 13 Gearran 2014, le ùmhlachd do na h-atharrachaidhean a leanas:

Duilleag	Nì	Paragraf	Bu chòir teacs Atharraichte/Bharrachd a bhith
13	3	2	Atharraich an teacs bho 'Bha teachdaireachdan air am fàgail air fòn-dachaigh is fòn-làimhe Coimiseanair Cailean Ceanadach' gu 'Chaidh fònadh gu Mgr Ceanadach air am fòn-dachaigh agus chaidh teachdaireachd fhàgail air am fòn-làimhe aige.'

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Chaidh na Puingean Gnìomha bho na coinneamhan air 11, 12 agus 13 Gearran 2014 ath-sgrùdadh:

- Chomhairlich an Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail a thaobh na Puing Gnìomha air duilleag 3, gu bheil tagraidhean di-chroitidh pàirt-croit is croit iomlan fa leth a-staigh cheana.
- Dhaingnich ██████████ gun deach ████████ a chomhairleachadh leis an Roinn Urrasachd a thaobh dìonachd a' Chrùin agus builteachd Choimiseanairean, gun robh iad a' tuigsinn gum biodh agartachd sam bith air a tharraing an aghaidh Coimisean na Croitearachd agus Coimiseanairean fa leth, ach ma bha an Coimisean ag iarraidh barrachd barantais bu chòir dhaibh comhairle laghail a shireadh.
- Dh'aithris Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan, a thaobh an Coimisean a bhith a' leigeil chroitean falamh air màl, gu bheil àireamh de dh'aithrisean air a thighinn a-steach bho SGRPID ach gu mì-fhortanach chan eil iad an-còmhnaidh freagarrach do ar feumalachdan agus cha d'fhuaireadh mapaichean sam bith bho SGRPID. Dh'fhaodadh gum feum an Coimisean coimhead ri comasachd air luchd-tomhais neo-eisimeileach fhadthairis air cunnradh airson an obair a tha a dhìth air a' Choimisean a choileanadh. Tha an t-Àrd-Oifigear agus an Neach-gairm gu bhith a' coinneachadh ri Roy McLachlainn air 2 Cèitean 2014 agus bidh iad a' deasbad na cùise seo leis. Dh'fhaighnich an Neach-gairm don Cheannard Poileasaidh is Dleastanasan tilleadh chun a' Bhùird le fiosrachadh às ùr a thaobh leigeil chroitean falamh air màl.
- Bha deasbad ann mun chomas air an raon sheirbheisean a tha gan tairgsinn a mheudachadh le bhith a' toirt mhapaichean gu buil do thagraichean. Ged is e beachdachadh fad-ùine a tha seo, dh'aontaich an t-Àrd-Oifigear coimhead ris an seo.
- Chomhairlich Caitlin Nic na Ceàrdaich gun robh oifis SGRPID ann an Sealtainn gu làithreach ag obair air eacarsaich air an taobh a-staigh, far a bheil iad a' fònadh nan croitearan uile ann an Sealtainn agus a' toirt dhaibh cuireadh a-steach don oifis far am bi iad a' deasbad crìochan nan croitean le sùil a bhith a' mapadh nan croitean fa leth. Chaidh aontachadh gur e beachd sàr-mhath a bha seo.

- Bha deasbad ann a thaobh Cùirt an Fhearainn a bhith a' toirt iomradh air Coimiseanairean fa leth ann an co-dhùnaidhean. Chaidh aontachadh gum bu chòir don Àrd-Oifigear coinneachadh ri Barabal NicIleDhuinn, Clàrc Cùirt an Fhearainn, far am faodadh draghan a' Choimisein a bhith air an deasbad. Bidh an t-Àrd-Oifigear a' cumail ceangal ri Coimiseanair Uilleam Swann gus clàr-obrach na coinneimh a shoilleireachadh.
- Chomhairlich an Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail, a' leantainn air adhart bho bhith a' sireadh comhairle laghail bho [REDACTED] mun chùis co-cheangailte ris an dàimh eadar earrannan roinne is ionaltraidh, tha 80% de na freagairtean deiseil agus thathar an dòchas gum bi na freagairtean uile soilleir ann an ùine nach bi fada.
- Chomhairlich an Neach-gairm gun robh àireamh mhath de thagraidhean air a thighinn a-steach airson dreuchd a' Choimiseanair ùir agus bidh na h-agallamhan a' gabhail àite tràth sa Ghiblean 2014.
- Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear, a thaobh mion-phuing san lagh, gun deach coinneamh shònraichte den Choimisean èigheach air 13 Gearran 2014 gus co-dhùnadh a dhèanamh air Pàipear Àirigh nan Gobhar.
- Chomhairlich an Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail gun robh coinneamh air a cumail o chionn ghoirid mu chùis Earradal a Tuath leis an Neach-gairm, an t-Àrd-Oifigear, Daibhidh MacFhionnlaigh, Neach-lagha agus an Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail. Bhathar air aontachadh roimhe nach dèanadh an Coimisean ath-thagradh an aghaidh co-dhùnadh Cùirt an Fhearainn ach bha ceist ann a thaobh an iomraidh air ECHR. Chaidh aontachadh sin fhàgail mar a bha e aig an àm seo. Tha a' chùis air a dhol air ais a-nis gun Oifigear Sheirbheisean Chroitean a tha a' dèiligeadh leis an sgìre sin, agus thathar air sgrìobhadh gu gach pàrtaidh a tha an sàs ann, a' toirt dhaibh cothrom air tuilleadh riochdachaidh a dhèanamh.

5a COINNEAMHAN MHEASADAIREAN

Chaidh am Pàipear seo a chur air post-d gu na Coimiseanairean ach on a bha dragh aig aon Choimiseanair ma dheidhinn, tha e a-nis a' thighinn chun a' Bhùird slàn airson a dheasbad.

Chaidh deasbad air Coinneamhan nam Measdairean a ghabh àite tro 2013 agus chomhairlich Coimiseanair IG MacDhòmhnail nach b' e àite math a bh' ann an Caol Loch Aillse airson Measadairean Taobh Siar Rois oir b' fheudar do chuid aca siubhal astar math airson faighinn ann. Chaidh aontachadh gum bu chòir do luchd-obrach san àm ri teachd, comhairle a shireadh bho Choimiseanair na sgìre mun àite a b' fheàrr Coinneamh Mheasadairean a chumail mus cuirteadh air dòigh i.

Chaidh aontachadh nach b' urrainn co-dhùnadh sam bith a dhèanamh an-diugh mun Phàipear seo agus gum bu chòir Pàipear ùr a bhith air a thoirt air ais gu Coinneamh Bùird a' Chèitein, gus coimhead ri dleastanas Mheasadairean, dè an taic a bu chòir an Coimisean a bhith a' toirt dhaibh, agus càite is cuin a bu chòir don Choimisean Coinneamhan Mheasadairean a chumail.

5b SEISEAN DÙINTE – TAGRAIDHEAN MHEASDAIREAN FA LETH (AIR A DHEASBAD ANN AN DÌOMHAIREACHD)

Fhuair eadh dà thagradh Mheasadairean, aon airson sgìre Bharraigh is Bhatarsaigh agus aon airson sgìre Inbhir Nis an Ear (Urchaidh / Moireibh), agus feumaidh am Bòrd slàn co-dhùnadh air.

Chuir an t-Àrd-Oifigear am Pàipear air adhart agus chaidh deasbad air a' chiad thagradh bho [REDACTED] airson sgìre Bharraigh is Bhatarsaigh. Chuir an Coimisean aonta ris an tagradh.

Co-dhùnadh	Chaidh aonta a chur ris an tagradh Mheasadairean bho [REDACTED] airson sgìre Bharraigh is Bhatarsaigh.
-------------------	---

Chaidh deasbad air an dàrna tagradh bho [REDACTED], a b' àbhaist a bhith ag obair aig Coimisean na Croitearachd, airson [REDACTED] ach chaidh aontachadh an co-dhùnadh a chur dheth, agus gum bu chòir Pàipear a thoirt gu Coinneamh Bùird a' Chèitein gus coimhead ri cùisean, far a bheil buill den luchd-obrach a bh' ann a' tagradh airson dreuchdan Mheasadairean, agus beachdachadh air barail a' phobaill is ceist a thaobh claon-bhreith. Chaidh aontachadh gum bu chòir comhairle fhaotainn bho stiùireadh Riaghaltas na h-Alba a thaobh strì eadar com-pàirt.

Chaidh moladh ùine às-dùnaidh do bhuill luchd-obrach a bh' ann a chur an sàs airson dreuchd Measadair, agus thèid beachdachadh air an seo anns a' Phàipear ùr.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean an co-dhùnadh air an dàrna tagradh a chur dheth agus gum bu chòir Pàipear a thoirt gu Coinneamh Bùird a' Chèitean gus coimhead ri cùisean, far a bheil buill luchd-obrach a bh' ann a' tagradh airson dreuchdan Mheasadairean, agus beachdachadh air barail a' phobaill is a' cheist a thaobh claon-bhreith. Chaidh aontachadh gum bu chòir comhairle a shireadh bho stiùireadh Riaghaltas na h-Alba mu strì eadar com-pàirt.
-------------------	---

Bha deasbad ann mun phròiseas airson fastadh Mheasadairean. Chaidh aontachadh gun robh am pròiseas far an robh tagradh ga chur gu Coimiseanair na Sgìre, air a leasachadh gus dèiligeadh le tomad mhòr de thagraidhean aig an aon àm, ach gum faodadh nach robh feum air an sin airson àireamhan beaga de thagraidhean. Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum feum tagraidhean airson Measadairean a bhith air an co-dhùnadh leis a' Bhòrd slàn. Chaidh aontachadh cuideachd gun deidheadh am pròiseas airson fastadh Mheasadairean a bheachdachadh anns a' Phàipear a bhiodh a' tighinn chun a' Bhùird sa Chèitean.

Chaidh aontachadh gun sgrìobh an t-Àrd-Oifigear gu [REDACTED] an dèidh co-chomhairle leis an Neach-gairm, Marina Dennis agus IG MacDhòmhnaill, ga chomhairleachadh gu bheil an tagradh aige air a chur air ais agus a' mìneachadh carson.

6 PLANA GNOTHACHAIS

Chuir am Manaidsear Gnothachais am Pàipear seo air a' bhòrd agus nochd e gun robh beagan atharrachaidhean dèante sa Phlana Gnothachais m.e. Ro-ràdh, Amasan, Prìomhachasan is Clachan-mìle, agus an uair sin mhìnich e na h-atharrachaidhean. Bu mhath leis a' Mhanaidsear Gnothachais taing a thoirt do Choimiseanair Uilleam Swann airson na comhairle a thug e mu dheidhinn Clachan-mìle air duilleag 17. Bidh Bliadhna a h-Aon air a cleachdadh airson nan ceumannan a leasachadh a dh'fheumas an Coimisean a thoirt air adhart. Thathar an dòchas an sgrìobhainn fhoillseachadh ann an dòigh a bhios nas fhasa don phoball.

Bha an Coimiseanair Cailean Ceanadach airson a chlàradh gu foirmeil gur e pìos obrach sàr-mhath a bh' anns a' Phlana Gnothachais.

Chaidh draghan a thogail mu thomhaisean agus cho cudromach's a tha e nach eil nithean sa Phlana Gnothachais nach gabhadh an tomhais. Chaidh aontachadh gur e dùbhlán a bhiodh an seo ach gum bi cuid de na tomhaisean air an coileanadh ann an co-obrachadh le buidhnean eile. Bidh seantans air a chur ri duilleag nam Builean Soirbheachail a' soilleireachadh na puing seo.

Bha an Coimisean airson a nochdadh gu bheil am buidseat airson leasachadh croitearachd aig HIE mar-thà.

Dh'iarr an Neach-gairm atharrachaidhean beaga air na facail air duilleag 9, bho 'Cothroman Inntigidh Ùr do Chroitearachd' gu 'Cruthaich Cothroman Inntigidh Ùr do Chroitearachd'. Dh'aontaich an Coimisean gum faod atharrachadh a bhith dèante a thaobh taigheadais agus gum faod am Plana Gnothachais a bhith air a chleachdadh mar sgrìobhainn obrach.

Chaidh aontachadh, air duilleag 8 fon cheann 'Ionnsaich bho Cho-dhùnaidhean Cùirt an Fhearainn ann an Alba', gum bu chòir don fhacal 'soirbheachail' a chur ris a ràdh 'nas lugha de ath-thagraidhean soirbheachail'.

Chaidh aonta a chur ris a' Phàipear agus tha an Coimisean airson taing a thoirt don Mhanaidsear Gnothachais airson a chuid obrach ann an ullachadh a' Phàipeir seo.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris a' Phàipear.
-------------------	--

7 PLANA POILEASaidh ATH-SGRÙDAICHTE

Chomhairlich an Neach-gairm gun deach labhairt ris an Roinn Urrasachd a thaobh an robh aig a' Choimisean ri dhol a-mach gu làn co-chomhairleachaidh leis a Phlana Poileasaidh ath-sgrùdaichte, ach dhaingnich iad nach eil aig a' Choimisean ach ri sgrìobhadh gu na h-Ùghdarrasan Ionadail agus HIE mar a tha air aithris san reachdas.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear nach eil ach aon atharrachadh ri dhèanamh sa Phlana a thaobh fo-thoirt air ghabhail, mar sin aon uair 's gun tèid sgrìobhadh gu na h-Ùghdarrasan Ionadail agus HIE, bidh am Plana Poileasaidh air a chur gun Roinn Urrasachd agus air a chur air làrach-lìn a' Choimisein.

Chomhairlich an Neach-gairm gum feum an Coimisean smaoinichadh air mar a bhithear a' cur fios gu an luchd-taghadh uile mun Phlana Poileasaidh ath-sgrùdaichte, agus cumaidh an Ceannard Conaltraidh ceangal ris an Àrd-Oifigear mu dheidhinn seo agus cuairtichidh iad am molaidhean gun Choimisean.

Chaidh fhaighneachd do Mhurchadh MacIllinnein abairt freagarrach a lorg airson toiseach an sgrìobhainn.

Co-dhùnadh	Solaraidh an Coimiseanair Murchadh MacIllinnein abairt a chuirear aig toiseach a' Phlana Poileasaidh.
-------------------	--

Chuir Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan am Pàipear air adhart agus chomhairlich e gun robh an sgrìobhadh uile ann an dearg air fhaicinn roimhe leis na Coimiseanairean, ach tha an sgrìobhadh ann an gorm a' nochdadh nan atharrachaidhean a chaidh a dhèanamh. Chaidh nochdadh gum bu chòir paragraf 42 air duilleag 37 a bhith air a nochdadh ann an gorm. Thathar air cuid de na cuspairean ath-fhreagrachadh m.e. tha an obair uile co-cheangailte ri Dleastanasan còmhla, tha cuspairean Riaghlaidh còmhla agus Ionaidh Coitcheann.

Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir air duilleag 37 paragraf 43, iomradh a chur ann mu dheidhinn ruigsinneachd air a' chladach.

Chaidh deasbad air adhart mu dheidhinn an fheum air cunbhalachd a thaobh dèiligeadh le ruigsinneachd agus chaidh aontachadh gum bu toil leis na Coimiseanairean tuilleadh stiùiridh agus trèanadh mun chùis seo. Bu mhath leotha ath-bhreithneachadh cho-oibrichean air co-dhùnaidhean ruigsinneachd gus ionnsachadh bho chèile airson a dhèanamh cinnteach gu bheil na Coimiseanairean uile a' dèanamh nan co-dhùnaidhean ceudna. Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun cuireadh i trèanadh air dòigh do na Coimiseanairean.

Chaidh aonta a chur ris a' Phàipear agus thug an Coimisean taing do Cheannard Poileasaidh is Dleastanasan airson a chuid obrach ann an toirt a' Phàipeir seo gu buil.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris a' Phàipear leis na h-atharrachaidhean a chaidh a mholadh.
-------------------	--

8 IONNSRAMAID TIOMNAIDH

Chuir an Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail am Pàipear seo air a' bhòrd agus mhìnich e gun deach e tron Ionnsramaid Tiomnaidh is am Plana Poileasaidh, agus gun d' rinn e cinnteach gun robh an t-Ionnsramaid Tiomnaidh air ath-ùrachadh gus cùisean a' Phlana Poileasaidh a nochdadh.

Chaidh a nochdadh air duilleag 76, an ceathramh bogsa sìos, gum bu chòir seo atharrachadh gu Seisean Dùinte seach Seisean Fosgailte agus bidh cruth fhacail air an cur ri chèile gus an t-atharrachadh seo a mhìneachadh.

Tha iomraidhean uile air 0.1 ha agus 0.2 ha air an toirt às na tagraidhean di-chroitidh a rèir a' Phlana Poileasaidh, agus gus nach fheumar gach cùis iomradh do na Coimiseanairean airson co-dhùnadh, thathar a' moladh taghadh de luchd-obrach anns am bi an Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail, Màiri Rosach am Manaidsear Riaghlaidh agus Oifigear nan Seirbheisean Croitearachd airson gach sgìre, a bhith air am fastadh gus coimhead ris gach cùis airson co-dhùnadh a bheil raointean iomagain sam bith ann, a bhiodh a' ciallachadh gum feumadh cùis a chur air adhart gu Coimiseanair airson co-dhùnadh. Ma tha cùis a' coimhead sìmplidh, gabhaidh an taghadh an co-dhùnadh fo ùghdarras tiomnaichte.

Dh'aontaich an Coimisean ris a' mholadh seo cho fada agus gu bheil na Coimiseanairean air an comhairleachadh mu na co-dhùnaidhean uile a tha air an gabhail do gach sgìre fa leth, agus dhaingnich an Ceannard Riaghlaidh gum faigheadh iad fios mu na co-dhùnaidhean uile.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gun coimheadadh taghadh de luchd-obrach ris gach tagradh di-chroitidh, agus ma bhios adhbhar dragh ann cuiridh iad a' chùis air adhart gu Coimiseanair. Ma tha a' chùis sìmplidh, thig an taghadh de luchd-obrach gu co-dhùnadh air a' chùis fo ùghdarras tiomnaichte. Thèid Coimiseanairean a chomhairleachadh mu na co-dhùnaidhean uile a ghabhar airson gach sgìre fa leth.
-------------------	--

Bha deasbad ann a thaobh duilleag 62, Co-dhùnaidhean tiomnaichte do Làn Bhòrd-stiùiridh Coimisean na Croitearachd, agus dè a bu chòir tachairt nuair a thig cùis air ais bho Chùirt an Fhearainn ann an Alba. Dh'iarr an Coimisean gun tigeadh Pàipear gun ath Choinneamh Bùird.

Co-dhùnadh	Dh'iarr an Coimisean gun tigeadh Pàipear air ais gun ath Choinneamh Bùird.
-------------------	---

Bha deasbad ann a thaobh duilleag 61 agus na facail aig pàirt 2 ‘greasaidh iad am pròiseas cho-dhùnaidhean chun a’ Bhùird’. Chaidh aontachadh gun robh tuilleadh fiosrachaidh a dhìth agus thig an Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail air ais gu Coinneamh Bùird a’ Chèitein Bhùird le molaidhean ath-sgrùdaichte airson nam facal anns an Ionnsramaid Tiomnaidh, oir gu làithreach tha e a’ leughadh mar gum biodh na co-dhùnaidhean uile a’ dol chun a’ Bhùird slàn.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris a’ Phàipear, le ùmhlachd do na puingeann a tha ainmichte gu h-àrd.
-------------------	--

9 POILEASaidh AIRSON LÀIMHSEACHADH CHÙISEAN DHLEASTANASAN LÀITHREACH

Chuir an Ceannard Poileasaidh is Dleastanasan am Pàipear seo air a’ bhòrd agus mhìnich e gu bheil e mu dheidhinn an eadar-ghluasad bhon phròiseas às-làthaireachd a bh’ ann, Earrann 22, gun phròiseas ùr dleastanais còmhnaidheachd, Earrann 26. Gu làithreach, tha 188 cùisean ann a chaidh a thòiseachadh fo phròiseas às-làthaireachd Earrann 22 agus tha 66 de na cùisean sin aig ìre mholaidhean crìoch a chur air na gabhaltasan.

Is e an roghainn, na cùisean a tha a’ tighinn an-àird airson ath-sgrùdadh a ghluasad gun phròiseas ùr, no na 188 cùisean uile a tha gu làithreach fo phròiseas Earrann 22 a chur gu pròiseas ùr Earrann 26.

Chaidh dragh a thogail mun uiread mhòr de dh’ùine is obair luchd-obrach a bha air a dhol a-steach do phròiseas Earrann 22, agus bhiodh an obair seo cailte oir dh’fheumadh luchd-obrach tòiseachadh air a’ phròiseas ùr bhon fhìor thoiseach a-rithist.

An dèidh deasbad, chaidh aontachadh gum bu chòir an Coimisean sgrìobhadh gu na 188 cùisean uile, a’ mìneachadh gu soilleir na h-atharrachaidhean a tha air am moladh, a’ toirt na roghainn do gach neach leantainn air adhart leis an t-seann shiostam no gluasad gu an t-siostam ùr, agus a’ toirt dhaibh raon-ama airson freagairt.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris a’ Phàipear agus dh’aontaicheadh gum bu chòir an Sgioba Dhleastanasan sgrìobhadh gu na 188 cùisean uile, a’ mìneachadh gu soilleir na h-atharrachaidhean air am moladh, a’ toirt na roghainn do gach neach leantainn leis an t-seann shiostam no gluasad gu an t-siostam ùr, agus a’ toirt dhaibh raon-ama airson freagairt.
-------------------	--

Dh’aithris an Coimiseanair IG MacDhòmhnaill gu bheil e an dòchas gun èirich an àireamh de luchd-obrach san Sgioba Dhleastanasan gu luath san àm ri teachd.

Dh’iarr an Neach-gairm air Ceannard Poileasaidh is Dhleastanasan taing a’ Choimisein a ghiùlain thuige fhèin agus an sgioba aige, a’ gabhail a-steach buill a bha anns an sgioba roimhe, airson an obair glè chruaidh is phroifeiseanta a bha iad air a choileanadh. Bha iad a’ tuigsinn gum faodadh luchd-obrach a bhith a’ faireachdainn air an leamhachadh an dèidh na rinn iad de dh’obair. Ach, thathar an dòchas gun gabh an oidhirp seo gluasad gu furasta gun phròiseas ùr.

10 ÙR-FHIOSRACHADH AIR A' CHOMATAIDH SGRÙDAIDH IS IONMHAIS

Thaisbein an Coimiseanair Uilleam Swann am Pàipear seo. Thug e fiosrachadh air ais mu dheidhinn Aithisg an In-sgrùdaidh agus thuit e gun d' fhuair an Coimisean deagh aithris mu na Prìomh Shìostaman Ionhasail, le dà mholadh aig cunnart ìosal a tha an Ceannard Ionmhais a' cur ceart.

A thaobh Aithisg an In-sgrùdaidh air Planadh Ro-innleachdail is Obrachail, tha a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais mothachail gu bheil mòran atharrachaidh air a bhith sa Chomataidh o chionn ghoirid m.e. an t-atharrachadh bho Choimisean nan Croitearan gu Coimisean na Croitearachd agus Àrd-Oifigear ùr. Tha iad air lethbhreac den Phlana Chorporra fhaicinn agus tha iad riarachta leis an adhartas le sin. Mar sin, tha an Coimisean air a chur ann an seòrsachadh 'Chan eil Laigsean Mòra ann'.

Bhathar a' tuigsinn nach urrainnear Clàr Cunnairt mionaideach a thoirt gu buil gus am bi am Plana Corporra crìochnaichte, agus mar sin is e an Clàr Cunnairt aon de na h-ath dhleastanasan a dh'fhaodas a dhol air adhart.

Chaidh dragh a thogail mu chosgaisean laghail agus nach urrainn don Choimisean ro-innse cia mheud ath-thagraidh a dh'fhaodadh e fhaighinn, agus thathar air aontachadh gun cuir an t-Àrd-Oifigear fios gun Roinn Urrasachd a thaobh chosgaisean laghail, [REDACTED] nam b' e gun tigeadh àireamh mhòr de ath-thagraidhean a-steach a bha taobh a-muigh smachd.

Chaidh na Gnàth-stiùiridhean Ionmhasail aontachadh agus a mholadh leis a' Chomataidh agus tha an Aonta Ìre Seirbheis le Seirbheis Nàiseanta na Slàinte crìochnaichte agus aontaichte, agus air a shoidhnigeadh dheth leis an Àrd-Oifigear.

Thug an t-Àrd-Oifigear seachad fiosrachadh às ùr mun tagradh airson barrachd ghoireasan luchd-obrach. Tha an Roinn Urrasachd a' cur air adhart moladh gun bhuidheann-tagraidh an t-seachdain-sa, ag iarraidh ghoireasan a bharrachd gus cuideachadh le rianachd nam Fiosan Bliadhnail. Thathar an dòchas gum bi co-dhùnadh ann an taobh a-staigh beagan sheachdainean.

Thug Ceannard an Ionmhais seachad mion-fhiosrachadh mun bhuidseat airson na bliadhna a tha ri teachd, a tha air an nochdadh air duilleag 4 den Phàipear, agus cliath-duilleag a' taisbeanadh gearr-iomradh air a' bhuidseat airson 2014-2015, a chithear air duilleag 13.

Dh'aontaich an Coimisean am buidseat airson 2014-2015.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean am Pàipear agus am Buidseat airson 2014 - 2015
-------------------	--

A' leantainn air còmhradhean le Sgrùdairean agus Sgrùdadh Alba, dhaingnich Coimiseanair Swann gur e prìomh dhleastanas a' Bhùird dèanamh cinnteach à riaghladh math. Ach, tha dleastanas riaghlaidh aig a' Bhòrd cuideachd agus dh'fhaighnich e an robh an tuarastal a' nochdadh seo. Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheil i ann an còmhradhean leis an Roinn Urrasachd mun chùis.

Thug an Neach-gairm taing do Choimiseanair Uilleam Swann airson coinneamh na Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais a stiùireadh agus cuideachd don Choimiseanair Murchadh MacIllinnein airson seasamh a-steach fhad 's a thathar a' feitheamh ri Coimiseanair ùr fhadstadh.

11 AN CLÀR CUNNAIRT

Chuir an Ceannard Ionmhais am Pàipear seo air adhart, gus aontachadh air dòigh-obrach mu choinneamh Clàr Cunnairt ath-ùraichte ullachadh, a' gabhail cunntas air molaidhean in-sgrùdaidh roimhe sin a thaobh cruth a' chlàir agus gu h-àraid, air filleadh a' Chlàir Cunnairt gu h-iomlan leis a' Phlana Chorporra ùr.

Thathar a' moladh gun toir an Sgioba Stiùiridh na prìomh chinn-uidhe anns a' Phlana Chorporra, gum beachdaich iad air na prìomh chunnartan àrd-ìreil ma thimcheall agus gun toir iad an Clàr Cunnairt ath-ùraichte air ais gun Choinneamh Bùird san Ògmhios airson aonta.

Dh'aontaich an Coimisean ris a' mholadh.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean don mholadh gun toir an Sgioba Stiùiridh na prìomh chinn-uidhe anns a' Phlana Chorporra, gum beachdaich iad air na cunnartan àrd-ìreil ma thimcheall agus gun toir iad an Clàr Cunnairt ath-ùraichte air ais gun Choinneamh Bùird san Ògmhios airson aonta.
-------------------	---

Chomhairlich an Neach-gairm do na Coimiseanairean a bhios a' frithealach a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais, ma tha iad a' cur air dòigh trèanadh Sgrùdaidh is Ionmhais, feumaidh iad a dhèanamh cinnteach gum faigh na Coimiseanairean eile cuireadh chun an trèanaidh sin cuideachd.

12 ÀS-DÙNADH AIR NA MEADHANAN 'S AM POBALL

Chaidh dèiligeadh leis an nì seo na bu thràithe aig Nì 5b bho nach robh na meadhanan no am poball an làthair.

13 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH

14 Cèitean 2014 ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir.

14 GNOTHAICH DEATAMACH SAM BITH



- Thug Coimiseanair IG MacDhòmhnail beagan cùl-fhiosrachaidh air tagradh sònrachaidh airson croit 4 Na Feàrna Mòra. Chaidh co-dhùnadh a' Choimisein ath-thagradh gu Cùirt an Fhearainn agus chuir Cùirt an Fhearainn e air ais gun Choimisean. Chaidh litir a chur a-mach gun tagraiche agus gu neach-gearain a' faighneachd dhaibh an robh iad airson èisteachd iarraidh. Thuir an neach-gearain nach robh e airson èisteachd iarraidh ach thuir an tagraiche gun robh e airson èisteachd iarraidh. Thuir e gun robh e den bheachd gum biodh e math don Choimisean an ruigsinneachd fhaicinn 'anns an àite' agus na planaichean aige airson na croite agus taigheadais.

Ma tha Èisteachd ceadaichte, feumaidh an Coimisean beachdachadh air comhairle laghail a fhuair iad far is e na Coimiseanairean a bhios a' frithealadh na h-Èisteachd a bhios a' dèanamh a' cho-dhùnaidh. Chan eil seo ag aontachadh le Poileasaidh làithreach, gum bu chòir an làn Bhòrd an co-dhùnadh a dhèanamh nuair a thig cùis air ais bho Chùirt an Fhearainn ann an Alba.

Ged a tha an tagraiche air Èisteachd iarraidh, bha co-dhùnadh sam bith a thaobh seo a cheadachadh don Choimisean.

Chomhairlich an Ceannard Riaghlaidh is Sgioba Laghail nach bi Èisteachd a' gabhail àite ach le toil a' Choimisein agus nach eil ach trì gnìomhachdan fon reachdas aig am faod còir a bhith air a chluinntinn, agus chan e pròiseasan Earrann 58A, a' gabhail a-steach sònrachadh, aon dhiubh.

Tha an trioblaid seo air a thighinn am bàrr dìreach airson gur e cùis a th' ann a thòisich fo Choimisean nan Croitearan, agus cha thchradh seo le cùis fo Choimisean na Croitearachd.

Cho-dhùin an Coimisean gun robh fiosrachadh gu leòr aca airson co-dhùnadh a dhèanamh às aonais Èisteachd a chumail.

Co-dhùnadh	Cho-dhùin an Coimisean gun robh fiosrachadh gu leòr aca airson co-dhùnadh a dhèanamh mun chùis gun Èisteachd a chumail.
-------------------	--

- Dh'innis an Coimiseanair IG MacDhòmhnail nach robh an liosta de chùisean nach robh dèante a b' àbhaist a bhith ga cur a-mach gu Coimiseanairean air a thighinn air a' mhìos seo, agus bu mhath leis faighinn a-mach carson. Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun robh e a' toirt suas ri mu thrì latha de dh'ùine luchd-obrach an aithisg sin a thoirt gu buil, agus thathar air lorg gu bheil cuid den fiosrachadh a chaidh a sholarachadh don aithisg nach robh ceart. Tha Màiri Rosach, Manaidsear Riaghlaidh, ag obair a' toirt aithisg nas fheàrr gu buil ach cha bhi an siostam ùr CADs deiseil gun Lùnastal 2014, agus chaidh faighneachd do na Coimiseanairean am b' urrainn dhaibh gabhail ris gur dòcha nach fhaigheadh iad am fiosrachadh mu chùisean nach robh dèante gus an sin.

Dh'aontaich na Coimiseanairean leis an seo, ach san eadar-ama bidh luchd-obrach a' coimhead air feuchainn ri dòigh a lorg air an aithisg seo a thoirt gu buil nas luaithe agus nas èifeachdaiche.

- Chomhairlich an Coimiseanair Murchadh MacIlinnein gun do fhritheil e Co-labhairt Geòidh ann an Ìle o chionn ghoirid às leth a' Choimisein. Dh'iarr e cuideachd gum bu chòir beachdachadh air suidheachadh luchd-obrach sna h-eileanan agus fios-air-ais bho chùisean Cùirt an Fhearainn. Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheil i a' coimhead ris an dà chùis sin. Dh'innis an Coimiseanair MacIlinnein gun robh e air tadhal ann an Diùra o chionn ghoirid cuideachd, agus gun robh e air leth toilichte cho math 's a bha na croitearan òga a' dèanamh ann an ath-thogail thaighean, a' leantainn air fo-roinnidhean a bha air àireamh de chroitean a ùra a chruthachadh.
- Tha an Coimiseanair Cailean Ceanadach ag iarraidh gum bi cùis SGRPID mar uachdaran croite agus cuideachd oifigear aithriseachd às leth a' Choimisein, a bhith air coimhead ris mar nì deatamach oir is e cùis fhìor chudromach a tha seo. Chaidh aontachadh gum bi a' chùis seo air a toirt gu Bòrd-stiùiridh san àm ri teachd.

- Dh'fhaighnich an Neach-gairm am faodaist na Coimiseanairean a chur an aithne don luchd-obrach ùr san oifis aig an ath Choinneamh Bùird. Chaidh seo aontachadh.

Dhùin a' choinneamh aig 13:05f.